



RUNRIG

Foghlam Farsaing Coitcheann
(FFC)



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



Fàilte gu Runrig!

Tha sinn an dòchas gun còrd an goireas seo ribh!

Taing do:

- **Runrig**
- **Calum Dòmhnallach** (Runrig)
- **Alasdair R. MacLean** (Obair Camara)
- **Norman Strachan** (Dealbhan)
- **Des Campbell** (Neach-ealain)
- **BBC Alba** (Cead 'The Cutter' a chleachdadh)



Clàr-innse



Loidhne-tìm

3-17

Na h-Òrain

- **Abhainn an t-Sluaigh** (Foghlam Farsaing Coitcheann 4) 18-24
- **Am Bàrd Deireannach** (Àrd Ìre/Àrd Ìre Adhartach) 25-31
- **Canada** (Foghlam Farsaing Coitcheann 3/4) 32-35
- **Cho buidhe 's a bha i riamh** (Àrd Ìre/Àrd Ìre Adhartach) 36-42
- **Faileas air an Àirigh** (Nàiseanta 4) 43-49
- **Fichead Bliadhna** (Àrd Ìre) 50-55
- **Foghar nan Eilean** (Foghlam Farsaing Coitcheann 4/Nàiseanta 4/5) 56-61
- **Sona/An Toll Dubh** (Nàiseanta 5) 62-67
- **Tir a' Mhurain** (Foghlam Farsaing Coitcheann 2/3/4) 68-73

Earrainnean Leughaidh/Èisteachd

- **A' Ruith Chun an t-Solais** (Nàiseanta 3) 74-76
- **Eachdraidh Runrig** (Nàiseanta 4) 77-80
- **Raibeart Dòmhnallach** (Nàiseanta 4) 81-85
- **Loch Lomond** (Nàiseanta 5) 86-88
- **Fichead Bliadhna** (Nàiseanta 5) 89-92
- **Rudan Mìorbhaileach** (Nàiseanta 5) 93-95
- **Sìol Ghoraidh** (AI/AIA) 96-98

Eàrr-ràdh 1

- **Pròiseact Clas: Sgrìobh Òran Ùr Gàidhlig!** 99-101

Eàrr-ràdh 2

- **Earrann Bhidio (Èisteachd): The Cutter** 102-104

Eàrr-ràdh 3

- **Agallamh cuide ri Calum Dòmhnallach** 105-109



Loidhne-tìm



Loidhne-tìm



1949

- Rugadh Ruairidh Dòmhnallach ann an Goillspidh, Cataibh.

1953

- Rugadh Calum Dòmhnallach ann an Loch nam Madadh, Uibhist a Tuath.
- Rugadh Donaidh Rothach ann an Ùige, An t-Eilean Sgitheanach.

1959

- Rugadh Malcolm Jones ann an Inbhir Nis.

Tràth
sna 60an

- Ghluais an teaghlach Dòmhnallach a Phort Rìgh anns an Eilean Sgitheanach.

Meadhan
na 60an

- Sgrìobh Ruairidh a' chiad òran aige.

Anmoch
sna 60an

- Thòisich an còmhlan *The Skyvers*.

Tràth
sna 70an

- Dh'fhalbh na balaich a Ghlaschu airson foghlam aig àrd-ìre – Ruairidh a' dèanamh teagasg ealain agus Calum a' dèanamh teagasg spòrs.



Loidhne-tìm



1973

Chluich Calum, Ruairidh agus Blair Dùbhghlas fon ainm *The Run-Rig Dance Band* ann an Talla Chaol-Aibhne (Kelvin) ann an Glaschu arson a' chiad uair.

1974

• Donaidh Rothach a' tighinn dhan chòmhlán mar sheinneadair agus mar chluicheadair giotàr.

• Tha iad a' cluich san Òban, a' cur taic ris a' chòmhlán Ghàidhlig eile, Na h-Òganaich, a bha a' tòiseachadh air òrain Ghàidhlig a dhèanamh ann an nòs ùr.

• Tha Blair a' fàgail agus Raibeart Dòmhnallach a' tighinn dhan chòmhlán.

1975

• Chluich Runrig ann an Nis, Leòdhas – tha na consairtean seo fhathast ainmeil- agus aig cèilidhean beaga eile air feadh na h-Alba.

1976

• *Play Gaelic* air a chlàradh le Raibeart Dòmhnallach air a' bhogsa-ciùil – 'S ann tron chompanaidh Lismore a chaidh seo a dhèanamh.



Loidhne-tìm



1977

- Runrig a' leantail orra a' cluich air feadh na Gàidhealtachd is ag obair pàirt-ùine ann an diofar obraichean.

Nochd iad air an Tbh ann an *'S e Ur Beatha*.

1978

- Malcolm Jones a' tòiseachadh sa chòmhlán nuair a dh'fhàg Raibeart.

1979

Thug Runrig a-mach *The Highland Connection* le fuaim agus sealladh poilitigeach nas làidire a' nochdadh.

Tha Mairead Thatcher a-nis na Prìomhaire air an Rìoghachd Aonaichte. Seo às dèidh don mhòr-chuid de dh'Alba bhòtadh airson Pàrlamaid na h-Alba ath-stèidheachadh - cha do bhòt gu leòr air a shon agus mar sin cha deach e air adhart.

- Rinn Runrig prògram Tbh Gàidhlig do chlànn, *Cuir Car*.

1980

- Iain Bayne a' tighinn dhan chòmhlán mar dhrumadair, a' gabhail àite Chalum. Bidh Calum fhathast a' sgrìobhadh òrain agus a' cluich dhrumaichean-faram eile.





Loidhne-tìm



1980

Tha an t-Aonadh Soibhieatach a' dol a-steach a dh'Afganastan.
Tha a' mhòr-chuid de dhùthchannan an Taoibh an Iar a' diùltadh a dhol ann. Fear à Alba a' buannachadh rèis 100 meatair, Ailean Wells.

• Geamannan Oilimpigeach ann an Moscow.

1981

• Tha Runrig a' foillseachadh *Recovery*, clàr a' sgrùdadh eachdraidh nan Gàidheal, na fuadaichean agus poilitigs na Gàidhealtachd aig an àm.

1982

• Cogadh nan Eileanan Faclanach

1983

• Tha Runrig a' soidhneadh cùmhnant aig *Simple Records* – 's e mearachd mhòr a tha seo, le Runrig a' call mòran airgid agus gun chomas aca clàr a chlàradh airson bhliadhnaichean.

• Tha Mairead Thatcher a' buannachadh an Taghaidh Choitcheinn san RA.

1984

• Tha dà chlàr shingilte *Dance Called America* agus *Skye* a' tighinn a-mach air *Simple Records*, ach tha mì-thoileachas agus eas-aonta eile a' ciallachadh gu bheil trioblaidean aig Runrig iad fhèin an saoradh on chùmhnant agus tha iad a' dol greis gun dad a chlàradh.



Loidhne-tìm



1985

Heartland a' tighinn a-mach air Ridge Records. Tha an t-òran *O Cho Meallt* a' dèiligeadh ris na trioblaidean laghail a bha aca.

Tha teamaichean Crìosdail a' nochdadh nas motha air a' chlàr leis gu bheil Calum a' nochdadh ùidh anns an eaglais.

Jock Stein – manaidsear ball-coise na h-Alba a' bàsachadh le grèim cridhe.

1986

Gu mì-fhortanach, tha Raibeart Dòmhnallach a' bàsachadh às dèidh tinneas fada.

Tha Pete Wishart a' tighinn on chòmhlán Albannach, *Big Country*.

1987

Tha an consairt o Mhòd Nàiseanta Shruighlea ga chraoladh – *Mòd for Rockers*.

Cutter and the Clan a' tighinn a-mach. Tha Runrig fhathast a' reic a-mach à flat beag ann an Dùn Èideann ach tha companaidh mhòr, *Chrysalis*, gan soidhneadh. An turas seo tha an compàirteachas soirbheachail. Thèid an ath chòig chlàran a sgaoileadh tron chompanaidh seo.

Mairead Thatcher a' buannachadh an taghaidh choitinn aon uair eile don Phartaidh Thòraidheach ged nach robh mòr-chuid aice ann an Alba idir.



Loidhne-tìm



1988

Once In A Lifetime – an clàr a tha a' sealltainn cho cumhachdach 's a bha an còmhlan beò airson a' chiad uair. Chaidh a mholadh le allmusic.com mar "fear de na deich clàran beò as fheàrr a chaidh a dhèanamh riamh".

1989

Tha Runrig a' dol nas fhaide na chaidh iad riamh, a' cluich san Spàinn agus san t-Suain ach a' crìochnachadh deich bliadhna gu math trang ann an Glaschu ann an Ceàrnag Dheòrsa.

Tha an clàr *Searchlight* ga chur a-mach. Tha e a' dèiligeadh ri cùisean teaghlaich agus cùisean poilitigeach agus sòisealta.

1990

Tha an EP, *Capture The Heart* ga chur a-mach.

Tha STV a' craoladh film *City of Lights*, a' taisbeanadh Runrig a' cluich aig na Barrowlands ann an Glaschu agus Ruairidh agus Calum aig an taigh ann an Uibhist a Tuath.

Tha Mairead Thatcher a' fàgail a dreuchd mar Phrìomhaire Bhreatainn.

Camanachd an Eilein Sgitheanaich a' togail cupa na camanachd.

Balla Bherlin air a leagail agus a' Ghearmailt air a h-ath-aonadh.



Loidhne-tìm



1991

Tha *The Big Wheel* a' tighinn a-mach agus Runrig a' cluich air beulaibh còrr is leth-cheud mìle neach ri taobh Loch Laomainn agus dà chonsairt mhòr aig Caisteal Dhùn Èideann.

Tha Cogadh a' Chamais a' tighinn gu crìch le feachdan Iracach le Saddam Hussein air am fuadach à Kuwait.

Tha leabhar mun chòmhlán, *Going Home*, le Tom Morton ga fhoillseachadh.

Tha an t-Aonadh Soibhieteach a' tighinn gu crìch le còig dùthchannan deug a' faighinn neo-eisimeileachd.

1992

Tha Runrig a' siubhal air feadh an t-saoghail - a' cluich airson latha neo-eisimeileachd Estonia a chomharrachadh, consairtean ann an Canada far an coinnich iad ri Seonaidh *The Cutter* Moireasdan a-rithist, agus aig fèis ciùil Ghlastonbury agus fèis ciùil Knebworth.

Na Tòraidhean, fo cheannas Iain Major, a' gleidheadh an Taghaidh Choitcheann airson a' cheathramh uair.

Muileann Stàilinn Ravenscraig ga dhùnadh le Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte.

Thòisich an cogadh ann am Bosnia.



Loidhne-tìm



1993

• *Tha Amazing Things* air fhoillseachadh le òrain *The Greatest Flame* agus *Wonderful* a' nochdadh air na clàran-ciùil agus a' toirt cothrom do Runrig a bhith a' cluich air a' phrògram-ciùil *Top of the Pops*.

1994

• Tha Iain Mac a' Ghobhainn, ceannard a' phàrtaidh Làbaraich a' bàsachadh agus Tonaidh Blair a' gabhail stiùir air a' phàrtaidh.

• Tha clàr beò eile ga fhoillseachadh – *Transmitting Live* – Runrig a' cur taic ris na *Rolling Stones*.

• Cogadh ann an Chechynia a' tòiseachadh.

1995

• *An Ubhal As Àirde* air a chleachdadh ann an sanas-reic Tbh airson leann Carlsberg; tha seo a' toirt Runrig gu *Top of the Pops* aon uair eile.

• Cogadh Bhosnia a' tighinn cu crìch.

1996

• *Mara* – an clàr mu dheireadh le Donaidh Rothach – stèidhichte air teamaichean co-cheangailte ris a' mhuir; chan eil ach aon chlàr singilte a' nochdadh o Runrig – *Things That Are*.



Loidhne-tìm



1997

- Tha Donaidh Rothach a' fàgail Runrig às dèidh dà chonsairt mhòr anns an Danmhairg agus Caisteal Shruighlea.
- Ged a bhios am Partaidh Làbarach a' buannachadh le mòr-chuid mhòr, mhòr, chan eil Donaidh a' faighinn a-steach dhan Phàrlamaid.
- Bhàsaich Diana, Bana-phrionnsa na Cuimrigh, ann an tubaist rathaid ann am Paris.
- Tha referendum ann airson Pàrlamaid na h-Alba ath-stèidheachadh; tha e a' faighinn làn-taic mhuinntir na h-Alba.

1998

- Tha an cruinneachadh *The Gaelic Collection* a' comharrachadh fichead 's a còig bliadhna den chòmhlán, ach bha an t-àm ri teachd a' coimhead gu math dubhach mus do ghabh Brus Guthro dhan chòmhlán às dèidh ùine mhòr a' lorg seinneadair ùr.
- Tha Co-aonta Dihaoine na Ceusta ga aontachadh ann an Èirinn a Tuath mar phàirt den phròiseas-sìth.

1999

- Tha a' chiad chlàr le Brus Guthro ga fhoillseachadh, *In Search of Angels*.



Loidhne-tìm



1999

Tha Pàrlamaid na h-Alba a' fosgladh ann an Dùn Èideann airson a' chiad uair o 1707. Tha an dà rud a' cur ris an òran *May morning*. Tha Donaidh a' seasamh airson Pàrlamaid na h-Alba ach a-rithist, chan eil e soirbheachail.

Pàrlamaid na h-Alba a' coinneachadh airson a' chiad uair o 1707 ann an Dùn Èideann.

2000

A' chiad chlàr beò le Brus na sheinneadair a' nochdadh – *Live at Celtic Connections*. Tha an cruinneachadh de dh'òrain le Calum agus Ruairidh, *Flower of the West*, ga fhoillseachadh agus ag innse nan sgeulachdan air cùl nan òran gu ruige sin.

2001

The Stamping Ground a' tighinn a-mach – a' chiad chlàr anns an robh Brus an sàs on fhìor thoiseach agus tha seo ri chluinntinn ann an cruinneachadh a tha cumhachdach agus làidir.

Tha a' chuairt *The Stamping Ground Tour* a' tòiseachadh ann am Port Rìgh agus a' leantainn airson còrr is bliadhna gu leth.

Tha na h-ionnsaighean ceannairc 9/11 a' tachairt ann an New York agus tha an cogadh ann an Afganastan a' tòiseachadh.



Loidhne-tìm



2002

Tha Runrig a' tarraing sluagh mòr agus iad a' cumail orra leis an a' chuairt *The Stamping Ground Tour*.

Tha Cupa na Cruinne a' dol air adhart ann an Iapan agus Coiria a Tuath, a' chiad uair a bha e ann an Àisia.

2003

Tha *Proterra* a' tighinn a-mach, agus air a dhèanamh còmhla ri Paul Mounsey, Albannach a tha a' fuireach ann am Brasil. Seo a' chiad chlàr le Brian Hurren air meur-chlàr le seann òran *An Toll Dubh* agus *The Old Boys* air ath-chlàradh. Chluich iad consairt a' comharrachadh trithead bliadhna de Runrig aig Caisteal Shruighlea.

Tha an Rìoghachd Aonaichte a' cur làn thaic ri Cogadh Irac ann an comann leis na Stàitean Aonaichte.

2004

Tha na balaich air chuairt anns an Danmhairg a-mhàin. Tha an consairt mhòr ga chomharrachadh le clàr beò - *Day of Days*.

2005

Bliadhna thrang eile air chuairt ach tha *Flower of the West*, cuirm agus taisbeanadh ga chumail ann an Glaschu, a' toirt urram do dh'òrain Chaluim agus Ruairidh.



Loidhne-tìm



2006

Bliadhna shàmhach a' clàradh clàr ùr – chan eil a' dol ach cuairt bheag dhan Danmhairg agus turas sònraichte a chluich ann an New York mar chuimhneachan air na daoine a chaochail ann an ionnsaighean 9/11.

2007

Tha *Everything You See* a' tighinn a-mach agus a' dol gu àireamh a h-aon anns an Danmhairg.

A dh'aindeoin dìle bhàthte air an latha a bu fhliche ann an ceud bliadhna air a' Ghàidhealtachd, chluich Runrig an consairt *Beat the Drum* ann an Druim na Drochaid ri taobh Loch Nis.

Airson a' chiad uair riamh, bhuannaich Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba cumhachd ann an Alba anns an Taghadh Albannach.

2008

35 years aig Caisteal Shruighlea – taisbeanadh Runrig a' ruith ann an Taigh Chearsabhagh ann an Loch nam Madadh agus Port Rìgh.

Tha Clàr agus DVD den chonsairt aig Loch Nis ga fhoillseachadh *Year of the Flood*.

Barack Obama a' dol na cheann-suidhe air na Stàitean Aonaichte.



Loidhne-tìm



2009

Tha iad a' tilleadh nas fhaide air adhart sa bhliadhna agus a' cluich aig Lùchairt Sgàin faisg air Peairt.

Tha Malcolm Jones a' fulang le trioblaidean cridhe agus tha cuairt air feadh na Roinn Eòrpa ga cur dheth.

2010

Tha cuairt nas fhaide air adhart anns a' bhliadhna, consairt ann an Steòrnabhagh aig Fèis Chiùil Innse Gall nam measg.

Tha Malcolm a' dol fo obair-lannsair aon uair eile a' ciallachadh gu bheil grunn chonsairtean gan cur dheth aig toiseach na bliadhna.

Tha na Tòraidhean a' tilleadh gu cumhachd fo stiùir Dhaibhidh Chamshroin ann an co-bhanntachd ris na *Lib Dems*.

2011

Tha Runrig a' gabhail bliadhna dheth.

Tha an t-Earrach Arabach, far an robh iomairtean airson deamocrasaidh anns an Ear Mheadhanaich a' tòiseachadh, agus às dèidh tòiseachadh gu làidir, thòisich tòrr aimhreit agus cogadh, gu h-àraidh ann an Siria far an robh an cogadh fhathast a' dol ann an 2016.

Tha Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba a' tilleadh gu cumhachd ann an Alba le mòr-chuid agus a' cur romhpa referendum air neo-eisimeileachd a chumail.



Loidhne-tìm



2012

Tha an còmhlan a' tighinn còmhla a-rithist airson *The Rewired Tour*. Tha iad a' cumail consairt mòr ann an Inbhir Nis.

• Tha Calum agus Ruairidh a' foillseachadh pròiseact fon ainm *The Band from Rockall* le òrain nach do fhreagair air Runrig. Tha e glè shoirbheachail, le film air a dhèanamh air mar a chaidh a chlàradh.

2013

Tha clàr singilte ann – *And We'll Sing* – ga chur a-mach airson 40 bliadhna a chomharrachadh cuideachd.

• *Party on the Moor* – tha Donaidh Rothach a' seinn còmhla riutha aon uair eile agus Pete Wishart a' tilleadh cuideachd. Tha consairtean eile air feadh Bhreatainn agus anns an Roinn Eòrpa a' comharrachadh ceathrad bliadhna de cheòl Runrig.

2014

Runrig air chuairt air feadh Shasainn agus anns an Danmhairg.

• CD agus DVD *Party on the Moor* ga fhoillseachadh.

• Tha Alba a' bhòtadh airson fuireach anns an Rìoghachd Aonaichte.



Loidhne-tìm



2015

- Tha Runrig a' cosg bliadhna a' clàradh clàr ùr.

2016

Tha Runrig a' cur a-mach a' chlàir dheireannaich stiùidio aca, *The Story*.

- Tha iad a' cluich cuairt mhòr air feadh na Roinn Eòrpa agus dà chonsairt mhòr ann an Alba – Fèis Cheilteach Innse Gall ann an Steòrnabhagh agus aig Caisteal Dhùn Èideann.

Tha iad a' gealltainn gun cùm iad orra san àm ri teachd!

2017

- Tha Runrig a' cumail orra le Calum agus Ruairidh a' clàradh òran is a' nochdadh ann am film Albannach *Journey Bound*.

Rinn iad turas-ciùil tron Roinn Eòrpa as t-samhradh.

2018

- Runrig a' toirt an cuairt-obrach gu crìch le consairtean mòra ann an Sruighlea san Lùnastal





Na h-Òrain



Abhainn an t-Sluaigh (Big Wheel, 1991)



Chan eil an t-adhar os cionn Lunnainn
A-nochd soilleir no dorch
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

Gun sgeul air coinneal mòr latha
No reultan na h-oidhche
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

An seo 's am baile gun chadal
Gun fhois is gun saorsa
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

Casan a' gluasad
An abhainn an tuil
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

Na cuibhlichean, 's cabhaig
A' tionndadh gun sgur
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

Cus ag adhradh beairteas
Air altair an t-saoghail
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

Càch gun dòchas gun dachaigh
Air sràidean gun ghaol
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

Leis gach dath 's gach creideamh
Gach cainnt às gach ceàrn
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

Gach ceist is gach freagairt
Sìos an abhainn gu cuan
Fada bho abhainn an t-sluaigh.





Abhainn an t-Sluaigh



Ann am bailtean mòra, cha bhi e dorch leis gu bheil solais-rathaidean a' truilleadh reul na h-oidhche le solas.

Chan eil an t-adhar os cionn Lunnainn
A-nochd soilleir no dorch
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

**Gun sgeul air coinneal mòr latha
No reultan na h-oidhche**
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

An seo 's am baile gun chadal
Gun fhois is gun saorsa
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

**Casan a' gluasad
An abhainn an tuil**
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

Na cuibhlichean, 's cabhaig
A' tionndadh gun sgur
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

**Cus ag adhradh beairteas
Air altair an t-saoghail**
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

Tha an ìomhaigh seo na h-eisimpleir uabhasach fhèin cudromach
- ma bhios tuil ann, tha cus uisge san abhainn agus nì e cron.

Cuideachd, anns a' Bhioball, tha an tuil a' sguabadh a
h-uile rud air falbh nuair a bhios Dia a' breithneachadh
gu bheil an saoghal air fàs ro olc.

Tha an seist seo a' nochdadh
aig deireadh gach rann.

Chan fhaicear a' ghealach no a' ghrian.

Tha seo a' freagairt ris an rann aig deireadh
leabhar an Taisbeanaidh 21:23 far a bheil an
Diadhair Eòin a' bruidhinn air Ierusalem ùr. Air
feadh an òrain ge-tà, tha am bàrd a' dèanamh
soilleir nach eil Lunnainn coltach ri Ierusalem
Ùr - àite a tha còir a bhith àlainn is glòrmhor.

Bidh daoine gu math tric a' bruidhinn air
mòr-bhailtean leithid Lunnainn agus New
York mar bhailtean gun chadal - ach tha am
bàrd cuideachd ag ràdh gu bheil iad gu math
aonrach agus ged a bhios daoine
a' dol annta airson saorsa, gu math tric bidh
iad a' faireachdainn mar phrìosanaich annta.

Ìomhaigheachd làidir a' sealltainn
cho trang 's a tha am baile.

Tha baile mòr Lunnainn ainmeil airson gnìomhachas
agus ionmhais. Tha am bàrd a' càineadh
na buaidh a tha aig seo. Tha daoine
"ag adhradh" do dh' airgead agus
tha seo gu math cronail.

Tha buaidh crìosdaidheachd ri fhaicinn
an seo cuideachd - Lucas 16:13.



Abhainn an t-Sluaigh



Tha mòran air chall anns a' bhaile mhòr – tha abhainn an t-sluaigh gan sguabadh air falbh. Ged tha mòran dhaoine sa bhaile, 's e àite aonranach a th' anns a' bhaile mhòr gu math tric.



Càch gun dòchas gun dachaigh
Air sràidean gun ghaol
Fada bho abhainn an t-sluaigh.

Leis gach dath 's gach creideamh
Gach cainnt às gach ceàrn
Fada bho abhainn an t-sluaigh.



Tha an rann seo caran dòchasach,
far a bheil sinn a' faicinn gach
duine san t-saoghal a' tighinn
còmhla san aon bhaile.

Gach ceist is gach freagairt
sìos an abhainn gu cuan
Fada bho abhainn an t-sluaigh.



Bidh aibhnichean a' dol gu cuan, a' sguabadh
gach rud leotha, gach rud math agus dona.

NOTAICHEAN



- Chan eil beachdan ro thoilichte mu dheidhinn Lunnainn ri lorg ann an cuid eile de dh'òrain Runrig – ann an Tìr an Airm, tha iad a' bruidhinn air Lunnainn "Mheallt'" (a' bruidhinn air Riaghaltas Bhreatainn) agus ann an O Cho Meallt', 's e "an duine mòr à Lunnainn" as coireach airson mar chaidh an còmhlan a mhealladh agus chaill iad do dh'airgead agus ùine o chùmhnannt dona. Tha Lunnainn a' nochdadh anns an òran An Cuibhle Mòr cuideachd ann an sreath de dh'ainmean-àite.
- Gu fortanach do luchd-leantainn Runrig ann am prìomh-bhaile Shasainn, tha Runrig air a bhith gu math deònach consairtean a chluich anns a' bhaile.
- Tha ìomhaigheachd on Bhiobaill cudromach san òran seo.



Abhainn an t-Sluaigh



NOTAICHEAN



A-rithist, tha a' bhuidh aig Crìosdaidheachd air faclan a' chòmhlain a' tighinn am follais. Tha pìosan anns an òran a thuigear tu nas fheàrr ma bhios tu a' cur eòlas air earrannan às a' Bhìoball:

- *Sgeulachd Noah ann an Genesis, Caibideil 6-9*
- *Lucas, Caibideil 16:1-13 - Mamon*
- *Taisbeanadh, 21:22-24 – a' Ghealach is a' Ghrian*

Tha rabhaidhean anns na h-earrannan seo do dhaoine agus tha iad a' freagairt ri teachdaireachd an òrain.



Teamaichean – Ciallas, Bochdainn, Eilthireachd, Creideamh, Airgead, Aonranachd

A Mion-sgrùdadh agus Luachadh

1. Dè cho èifeachdach 's a tha an t-òran seo gus ìomhaigh den bhaile mhòr a thogail dhuinn? Dè seòrsa ìomhaigh a th' ann?
2. Ciamar a tha "an abhainn an tuil" a' sealltainn gur e àite fada ro thrang a th' ann?
3. Tha an loidhne mu dheireadh air a h-ath-aithris air feadh an òrain. Dè a' bhuidh a tha aig an seo air an leughadair/neach-èisteachd?
4. Lorg dà eisimpleir de uaim anns an teacsa. Dè a' bhuidh a tha aig seo?
5. Dè an teachdaireachd a tha aig an òran seo? A bheil e èifeachdach? Thoir adhbhar airson do bheachd.





Abhainn an t-Sluaigh



B Cruthachadh agus Dèanamh

Sràidean Lunnainn – sgeulachd ghoirid

Smaoinich air cò ris a bhiodh e coltach a bhith a' gluasad gu Lunnainn:

Bidh daoine a' gluasad dhan bhaile mhòr airson iomadh adhbhar:

- airgead a dhèanamh;
- cliù a chosnadh;
- cùl a chur ris an dachaigh;
- cothroman ùra agus
- gaol.

Cleachd do mhac-meanmna agus cruthaich sgeulachd ghoirid (eadar 250-400 facal) mu dheidhinn cuideigin às a' Ghàidhealtachd a ghluais gu Lunnainn.

Carson a ghluais iad?

Cò ris a tha am beatha coltach?

Dè tha iad air a chall?

Dè na cothroman a tha ri fhaotainn?

Ciamar a tha iad a' faireachdainn?

A bheil cianalas orra?

Faodaidh tu innse o shealladh a' chiad neach no an treas neach. 'S dòcha gun cuidich e a bhith ag èisteachd ri òrain roc eile mu bheatha air na sràidean.



Òrain aig Runrig is Eile – Faileas air an Àirigh, *The Cutter*, *Missing You* (Christy Moore), *Streets of London* (Ralph McTell), *The A Team* (Ed Sheeran), *Inner City Blues* (Marvin Gaye)





Abhainn an t-Sluaigh



Acrostic – Bàrdachd

Feuch an dèan thu dàn acrostic stèidhichte air an fhacal “Baile Mòr” ag innse cò ris a tha beatha coltach ann am bailtean mòra. Smaoinich air na rudan a tha math agus na rudan a tha dona mu bheatha ann am baile mòr.

B
A
I
L
E
M
Ò
R





Abhainn an t-Sluaigh



Labhairt agus Deasbad

Cuir air dòigh deasbad air a' mholadh:

"Cha d' fhiach beatha sa bhaile mhòr idir"

- Dè tha math mu bheatha anns a' bhaile mhòr?
- Dè nach eil cho math mu bheatha anns a' bhaile mhòr?

Lìon an clàr seo le eisimpleirean o gach taobh:

Buannachdan a' Bhaile Mhòir	Trioblaidean a' Bhaile Mhòir
Taighean-deilbh	Eucoir
Tòrr cheanglaichean siubhail...	Cus trafaig...

'S dòcha gum bi thu airson an t-eadar-lìon a chleachdadh airson rannsachadh a dhèanamh.





AM BÀRD DEIREANNACH (THE BAND FROM ROCKALL, 2009)



'S e pàipear-naidheachd là an-diugh
A dh'inns dhomh mu do chuairt
Air cuan deireannach a' ghràidh.

'Fàgail na Caraidh moch Di-Màirt
Air an t-slighe tha nas àirde
Na drochaid òb Cheann a' Bhàigh.

'S tu chuireadh fonn ri gach smuain
Earrann ri gach cuan
Briathran ri gach cuairt.

Am bàrd, am maraiche còir
Seòladh gu do ghlòir
Air a' gheòla òirdhearc le do sheòrs'.

Seasaidh gach eathar taobh ri taobh
Aig acarsaid a tuath
Thig mucan-mara tron an t-sàile.

'S ged thig soillse 's gràs dhuinn fhathast
Dh'fhalbh là a' bhàird
Gun nì air talamh ghabhas d' àite.

Tha grian eile ag èirigh
Air baile truagh fuar
Tha sinn a' caoidh ginealach nan naoimh
'S a' ghrian a dh'fhalbh leibh
Gu bith ùr.

Am bàrd, am bàrd deireannach
Am bàrd, am bàrd deireannach.





AM BÀRD DEIREANNACH



Cha robh fhios aige gun robh am bàrd air caochladh.
Tha e a' cleachdadh a' chiad ìomhaigh anns an òran a
tha co-cheangailte ris a' mhuir agus maraichean. Cuan
Deireannach a' Ghràidh - 's e seo bàs agus nèamh.

'S e pàipear-naidheachd là an-diugh
A dh'inns dhomh mu do chuairt
Air cuan deireannach a' ghràidh

Drochaid Sealpaigh, a chaidh
fhosgladh ann an 1998 -
tha i gu math àrd.

Bidh seòladairean
a' fàgail air a' chiad
mhuir-làn sa mhadainn.
- tha an loidhne seo
a' tarraing on òran as
ainmeile aig Fionnlagh
"A' fàgail na caradh".

'Fàgail na Caraidh moch Di-Màirt
Air an t-slighe tha nas àirde
Na **drochaid òb Cheann a' Bhàigh**

'S tu chuireadh fonn ri gach smuain
Earrann ri gach cuan
Briathran ri gach cuairt

Tha e a' moladh comas a' bhàird a
thaobh mar a b' urrainn dha a bhith
a' tionndadh gach suidheachadh
gu bàrdachd.

Am bàrd, am maraiche còir
Seòladh gu do ghlòir
Air a' gheòla **òirdhearc** le do sheòrs'

Tha am facal òirdhearc a' ciallachadh
rudeigin gu math sònraichte, am bàta
a tha a' toirt dhaoine gu nèamh.

Seasaidh gach eathar taobh ri taobh
Aig acarsaid a tuath
Thig mucan-mara tron an t-sàile

'S ged thig soillse 's gràs dhuinn fhathast
Dh'fhalbh là a' bhàird
Gun nì air talamh ghabhas d' àite

Ged a tha e cinnteach gum bi
cùisean rèidh agus dòigheil ann an
nèamh, às dèidh a' bhàis, tha e
duilich gum bi an saoghal seo nas
bochda leis gu bheil dualchas agus
cultar a' dol à bith le bàs a' bhàird.

Tha beatha
a' leantainn ach
chan eil am baile
mar a bha - tha
rudeigin a dhìth ann
a-nise, ga fhàgail
truagh agus fuar.

**Tha grian eile ag èirigh
Air baile truagh fuar**

Tha sinn a' caoidh ginealach nan naoimh
'S a' ghrian a dh'fhalbh leibh
Gu bith ùr

Is e naomh cuideigin a tha gu
math criosdaidh agus cràbhach
agus tha Calum ga mholadh
mar seo - thug am bàs solas
air falbh bho na daoine, ach
tha Calum a' creidsinn gu bheil
beatha ann às dèidh bàis dha.

**Am bàrd, am bàrd deireannach
Am bàrd, am bàrd deireannach**

Is e Am Bàrd Deireannach a bh' ann - aig aon àm
bha na bàird baile gu math pailt agus bhiodh iad
a' clàradh beatha làitheil an coimhearsnachdan.



AM BÀRD DEIREANNACH



NOTAICHEAN



Gu ìre mhath, tha na Dòmhnallaich a' comhardadh nan trì loidhnichean anns gach rann gu teann, le rann no dhà far nach eil iad buileach cho teann.

'S ann à Sgalpaigh na Hearadh a bha Fionnlagh Moireasdan (Fionnlagh Beag no 'Monish'). Bha e càirdeach do Ruairidh agus do Chalum air taobh am màthar a bha à Sgalpaigh o thùs. ('S e bràthair an seanmhar a bh' ann). Bha dithis leis an ainm Fionnlagh anns an teaghlach, mar sin b' esan Fionnlagh Beag agus am fear eile, Fionnlagh Mòr.

Bha e an sàs ann an gnìomhachas sealg nam mucan-mara, a' ciallachadh gun robh e air feadh an t-saoghail air tòir nam beathaichean mòra mara, mus tàinig crìoch air a' ghnìomhachas agus a chaidh casg a chur air sealg nam mucan-mara. Chuir e seachad an còrr de bheatha ann an Sgalpaigh na Hearadh mar iasgair. Chaochail e ann an 2010 agus leugh Calum mu dheidhinn ann am Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich. Thug seo brosnachadh dha airson òran ùr a dhèanamh do phort a bha Ruairidh air a dhèanamh. B' e seo an t-òran mu dheireadh aca air a' phròiseact "The Band From Rockall". A rèir Chalum, 's e duine blàth, ceart, iriosal a bh' ann. Nuair a chuir a bhean air dòigh partaidh gun fhios dha airson an t-ochdamh co-là-breith a chomharrachadh, bha e air a nàrachadh agus mu dheireadh thall theich e dhan t-seada airson a' chòrr den latha! Ach a dh'aindeoin cho solta is sàmhach 's a bha e a rèir Chalum, cha robh e idir air deireadh a' cur dìon air a bheachdan air poilitigs agus cor an t-saoghail.

Is e bàrd baile a bh' ann – chan eil mòran de bhàird baile beò a-nise, ach bhiodh iad a' dèanamh rannan is òrain mu thachartasan anns na coimhearsnachdan aca fhèin. Bha mòran bhàird mar seo san teaghlach aig Calum is Ruairidh, ach b' e Fionnlagh am bàrd mu dheireadh.



AM BÀRD DEIREANNACH



NOTAICHEAN



Tha cuid de dh'èolaichean a' meas nam bàrd seo mar nach robh iad airidh air cliù, leis nach robh iad gu math tric ach a' bruidhinn air gnothaichean làitheil, àbhaisteach, ach tha feadhainn eile a' coimhead riutha mar luchd-glèidhidh dualchas nan Gàidheal, a' clàradh eachdraidh shòisealta na Gàidhealtachd ann an dòigh inntinneach agus èifeachdach. Bidh an deasbad seo ann an-còmhnaidh, ach tha barrachd is barrachd dhaoine a' mothachadh cho cudromach 's a tha na bàird bhaile air a bhith dhan Ghàidhlig.

Bhiodh na bàird a' bruidhinn air tachartasan èibhinn, tachartasan brònach agus tachartasan cudromach sna coimhearsnachdan. Leis gun robh iad suidhichte anns na coimhearsnachdan aca fhèin, bhiodh iad a' riochdachadh bheachdan-smuain na coimhearsnachd – agus mar sin, bidh a' bhàrdachd aca a' sealltainn dhuinn dealbh air cò ris a bha coimhearsnachdan coltach aig an àm sin – coimhearsnachdan croitearachd far an robh creideamh cudromach agus far an robh Gàidhlig mar phrìomh chànan nan daoine.



Teamaichean – Ciallas, Moladh, Dualchas, Bàs, Ionndrainn, Bàrdachd, Ceòl





AM BÀRD DEIREANNACH



A' fàgail na caradh – le Fionnlagh Moireasdan 'Monish'

'N oidhche mun do sheòl sinn bu dòigheil a bha sinn,
Nar suidhe air sòfa a' còmhradh gu binn,
Gach moment dol seachad 's gun maille ann an tìm,
'S nuair thàinig àm d' fhàgail gun do chràidh e mo chridh'.
-

A' fàgail na Caradh sa mhadainn Dimàirt,
Mo shùil air an drochaid ann an Òb Ceann a' Bhàigh,
Ach am faighinn aon sealladh air leannan mo ghràidh,
'S gun neach air an talamh an-diugh leam nas fheàrr.
-

A' fàgail a' chidhe bha m' aigne fo leòn,
A' faicinn clann-nighean a' sileadh nan deòir,
'S an smuain dol trom chridhe, chaidh tro cridhe gu leòr,
Saoil an coinnich sinn tuilleadh san linne seo beò.
-

Bha an Caol aic' ga ghearradh mar eal' air an lòn,
'S air gach cnoc ghabh i seachad bha leannanan òg,
Smèideadh le dùrachd, luchd an gaoil innte air bòrd,
Falbh dhan a' chogadh a dhion na Roinn Eòrp'.
-

'S nuair a chlear i gach sròn agus òb bh' anns a' chaol,
Cha d' dh'innis mi do dhuine mar a shìl mo shùil,
Nach fhaicinn an dachaigh san robh thusa, rùin,
Na cnuic bhuam ga fhalach air madainn bha ciùin.
-

Soraidh slàn leat, a ribhinn, seo cinnt dhut mo làmh,
Tha mise ri falbh air an fhairge nach tràigh,
'S ge b' e càit 'm bi mi gluasad ann an cruas air no càs
'S ann ort fhèin bhios mo smuaintean gus an dual dhomh am bàs.
-

'S e dh'fhàg mi cho duilich is buileach fo leòn,
Gu bheil cruinneag san eilean dhan tug mi mo bheò,
'S mar toir i dhomh gealladh gu faigh mi oirr' còir,
Chan fhaic sibh mi tuilleadh ann an Sgalpaigh rim bheò.
-

Ach thug thu dhomh gealladh nach aithris mi 'n-dràst',
'S an fhàinne le daoimein a' cur seula air gu bràth,
Ma gheibh mise dhachaigh is cùisean mar bha,
Le òrdugh na clèir gun tèid seula air le dhà.



AM BÀRD DEIREANNACH



A Mion-sgrùdadh agus Luachadh

1. Ciamar a fhuair an t-ùghdar a-mach mu bhàs a' bhàird?
2. Dè an ìomhaigh a bhios Calum a' cleachdadh airson sealltainn gu bheil e a' creidsinn gu bheil am bàrd a' dol a nèamh?

Thoir dà eisimpleir.

3. Dè cho èifeachdach 's a tha an treas rann ann a bhith ag innse dhuinn mu bheatha agus obair a' bhàird?
4. An e òran duilich no dòchasach a tha seo? Air neo a bheil e eadar an dà rud?

Thoir adhbhar airson do bheachd.

B Cruthachadh agus Dèanamh

Obair - Pròiseact mu bhàrdachd bhaile.

Is dòcha gum bi bàrd baile ri fhaotainn anns an sgìre agad fhèin air neo ann an sgìre air a bheil thu eòlach.

Dèan rannsachadh air cuideigin a bha anns a' choimhearsnachd agad a dhèanadh bàrdachd baile.

- Càit an robh iad a' fuireach?
- Ciamar a bha iad a' dèanamh beòshlaint?
- Fiosrachadh eile mu bheatha.
- An aithne dhut seann duine a bha eòlach orra?
- Ainmich cuid de na h-òrain aca – cò mu dheidhinn a tha iad?
- Ionnsaich earrann o phìos a rinn iad – faodaidh tu a sheinn no a leughadh. Mar as motha a tha e air do theanga, 's ann as fhèarr.
- Dè do bheachd fhèin air a' bhàrdachd?


Gheibhear stòras air leth aig Bàird nan Òran aig a' BhBC
bbc.co.uk/programmes/b00w7qfb



ri leantainn



AM BÀRD DEIREANNACH



Cuid de na bàird baile as ainmeile

Iain MacNeacail "An Sgiobair" – Ùige, An t-Eilean Sgitheanach
Dòmhnall Ruadh Phàislig – Uibhist a Deas
Dòmhnall Ruadh Choruna – Uibhist a Tuath
Uilleam MacCoinnich, "Bàrd Cnoc Chùsbaig", Leòdhas
Dòmhnall Ailean Dhòmhnail na Bainich, Cill Donain, Uibhist a Deas
Coinneach "Red" MacLeòid, An Rudha, Leòdhas
Dòmhnall Iain Dhonnachaidh, Uibhist
Murchadh Dòmhnallach, "Murda Sheumais", Siadar, Leòdhas
Iain Camshron, "Bàrd an Iubaili", Taobh Siar Rois
Dòmhnall Moireasdan, Nis, Leòdhas
Alasdair MacFhearghais, Bàrd Chliuthar, Na Hearadh
Murdani Mast Ceanadach, Marabhaig, Leòdhas
Mairi Nighean Alasdair Ruaidh, Na Hearadh

Obair - Bàrd na Sgoile

Feuch gun cruthaich thu a' bhàrdachd baile agad fhèin. Faodaidh tu bruidhinn air tachartasan anns an sgoil. Feuch gun cùm thu ri structar traidiseanta. Faodaidh tu fonn o òran eile a chleachdadh. Bi modhail ge-tà! Na cuir sìos air duine sam bith, ach ma bhios do thidsear còir 's dòcha gum faigh thu às le a bhith a' tarraing asta!

Eisimpleir:

Tha an tidsear againn cho mì-sgiobalt'
Nach fhaigh e lorg air peann no pàipear
Tha na sgalagan daonna fiadhaich
Nuair a chì iad an clasrùm a h-uile feasgar


Tha an tidsear againn uabhasach seòlta
a' ceannach teòclaid dha na boireannaich
glanaidh iad an seòmair agus am bòrd dha
nach buidhe dhut, a Mhgr MhicConnich!



Canada (Amazing Things, 1993)



'S chan fhaic mi cladach geal
No achadh cruithneachd fàs
Gun sealladh mòr de chràdh
'S dealbh de bhàs.





Canada



NOTAICHEAN



Ged is e rann goirid a tha seo, tha e a' mìneachadh is a' sealltainn mòran ann an ceithir loidhnichean mu dheidhinn àite, faireachdainnean agus cupsair na bàrdachd, fuadach agus eilthreachd.

Tha an coimeas eadar a' bhòidhchead is am beairteas anns a' chiad dà loidhne agus an cànan muladach anns an dà loidhne mu dheireadh gu math èifeachdach. Tha am bàrd a' togail air an ìoranas anns an t-suidheachadh a chunnaic e ann an Canada.

Dh'fhaodadh an "cladach geal" a bhith a' samhlachadh tràigh no cladach ann an Alba air latha brèagha air neo an dearbh rud thall ann an Alba Nuadh. Tha "achadh cruithneachd fàs" a' samhlachadh an t-soirbheachais a tha air a bhith aig Canada agus na daoine a chaidh ann – na prèiridhean a' fàs le bàrr, a' biathadh an t-saoghail.

Tha "sealladh mòr de chràdh" agus "dealbh de bhàs" a' cur nar cuimhne gu bheil eachdraidh dhuilich ann air cùlaibh soirbheachas. Ged tha a h-uile coltas ann a-nis gun robh Canada uabhasach math dha na Gàidheil a thuinich ann, tha am bàrd a' togail air an eachdraidh dhuilich a tha air a chùlaibh – na fuadaichean, na tursan fada cunnartach, na cogaidhean ris na Frangaich, murt nan Innseanach agus na duilgheadasan a bha ro na Gàidheil a bhith a' tuineachadh ann an dùthaich a bha gu math aocoltach ris a' bheatha a bha aca ann an Alba.

Coimhead ris a' chòrr den òran anns a' Bheurla. Tha an earrann seo a' leantainn meadarachd simplidh a bhios a' ruith tron òran far am bi deireadh gach dara loidhne ag aontachadh. Tha e nas èifeachdaiche buileach san earrann seo leis a' choimeas eadar "fàs" is "bàs".



Teamaichean – Eilthreachd, Canada, Ìomhaigheachd, Cianalas





Canada



Canada (an t-òran air fad leis na briathran Beurla)

A prairie and a wind
Canada on the wire
I'm trading all my fears
And all my desires.

I watch your sun go down
A burning amber road
Following the ghosts
Wherever they go.

'S chan fhaic mi cladach geal
No achadh cruithneachd fàs
Gun sealladh mòr de chràdh
'S dealbh de bhàs.

A window on the stars
The journey of the few
Watching it all survive
It's all I can do.





Canada



A Mion-sgrùdadh agus Luachadh

Èist ris a' chòrr den òran (a tha anns a' Bheurla). Dè do bheachd air mar a tha an dà chànan ag obrachadh còmhla?

Èist ri *The Story* no *Onar* o *The Story* le Runrig, no *An Dà Là* le Màmran.

A bheil am measgachadh den dà chànan a' cur ris no a' toirt air falbh o na h-òrain?



<https://www.youtube.com/watch?v=2slfyIUZ65s> (Màmran - An Dà Là)

<https://www.youtube.com/watch?v=bbQq7N0RRWM> (Runrig - The Story)

https://www.youtube.com/watch?v=_zHzh5UEU5s (Runrig - Onar)





Cho buidhe 's a bha a riamh (In Search of Angels, 1999)



Tha an rathad a' ruith gu tuath
Gleanntan sgapte air gach taobh
A' ghrian tro ghiuthas nam mòr-shliabh
Saighdean òir gar leòn an àgh.
Thuirt m' anam rium, "Nach tèid thu null,
Cuir eallach is cruaidh-chàs air do chùl
Is gun cuir an t-àite sealach fàilte oirnn
Is bidh mi còmhla riut an dràst'."

Sùndach a tha mi
Tron oighreachd bhòidheach, bhòidheach, buan
Bha thu daonnan na mo smuaint'
Tro làithean iseal is bristeadh-cridhe.
Tog orm mo chiall, tog orm mo bhìth
Le cridhe aotrom, cridheil, ciùin
A liuthad cuan a ghiùlain do dhaoine
Is iad a' triall na slighe bhuat.

Is ged tha an saoghal dol bun os cionn
Is astar bhliadhnaichean tighinn oirnn
Is ged tha mo dhùil ag èirigh suas
Is iomadh sgùrr a bhios fo sgleò.
Ach tha na siantan liath, is na siantan blàth
Le blàths cho diomhair is nach gabh e inns
Is tha an lus tha fàs air croit Dhòmhnail Bhàin
Cho buidhe an-diugh is a bha i riamh.





Cho buidhe 's a bha a riamh



Tha a' chiad loidhne ag innse dhuinn gu bheil am bàrd a' tilleadh dhachaigh dhan Ghàidhealtachd, gu h-àraidh anns an òran seo gu libhist a Tuath dhan buin na Dòmhnallaich.

Tha buidhe na dhath sealbhach.

Tha seo a' dearbhadh gu bheil e a' siubhal tron Ghàidhealtachd – tha ìomhaighean làidir air cruth na tìre a' nochdadh an seo, craobhan, beanntan, gleanntan.

Tha an rathad a' ruith gu tuath
Gleanntan sgapte air gach taobh
A' ghrian tro ghiuthas nam mòr-shliabh
Saighdean òir gar leòn an àgh.

Thuir m' anam rium, "Nach tèid thu null,
Cuir eallach is cruaidh-chàs air do chùl
Is gun cuir an t-àite sealach fàilte oirnn
Is bidh mi còmhla riut an dràst'."

Tha an dùthaich cho bòidheach is cho àlainn 's gu bheil e goirt a bhith ga coimhead. Tha sinn a' tuigsinn gu bheil a' ghrian teth leis gu bheil "saighdean òir" ann. Tha saighdean a' cur nar cuimhne "cupid" cuideachd, agus mar a bhios sin a' toirt oirnn a bhith a' tuiteam ann an gaol.

Tha an earrann seo a' freagairt ris an fhosgladh aig an dàn ainmeil aig Somhairle MacGill-Eain, far am bi e a' bruidhinn ris fhèin air neo an "Tuigse" mu na trioblaidean aige

Tha seo a' cleachdadh pearsanachadh airson na faireachdainnean aig a' bhàrd a chur an cèill. 'S dòcha gu bheil a bheatha air a bhith caran doirbh o chionn ghoirid "eallach/eruidh-chàs" air neo chan eil e air a bhith a' faireachdainn mar bu chòir – chan eil anam còmhla ris.

"an t-àite sealach" – àite far nach urrainn dha fuireach fad na h-ùine.



Cho buidhe 's a bha a riamh



Tha dà chleas-sgrìobhaidh a' nochdadh an seo.

Ath aithris – tha seo ag innse dhuinn gu bheil an t-àite cho breàgha 's a ghabhas.

Uaim – tha am facal “buan” a' freagairt ri “bòidheach” ach cuideachd 's e facal glè chumhachdach a th' ann.

Tha buan a' ciallachadh rudeigin a bhios a' maireachdainn gu math fada.

Sùndach a tha mi

Tron oighreachd bhòidheach, bhòidheach, buan

Bha thu daonnan na mo smuaint'
Tro làithean iséal is bristeadh-cridhe.

**Tog orm mo chiall, tog orm mo bhith
Le cridhe aotrom, cridheil, ciùin**

A liuthad cuan a Ghiùlain do dhaoine
Is iad a' triall na slighe bhuat.

} Fìu 's nuair a bha e fada air falbh no nuair a bha a bheatha doirbh, bha an t-eilean na chofhurtachd dha. Tha Calum Dòmhnallach a' bruidhinn air Dia mar seo ann an òrain eile, mar rud a bha daonnan còmhla ris.

Tha am bàrd a' bruidhinn ris an eilean fhèin, ag iarraidh air gun dèan e sona agus toilichte a-rithist e. Is e eisimpleir eile de phearsanachadh a tha seo.

Tha na gnìomhairean “Tog” gu math togarrach agus làidir agus tha iad cuideachd a' toirt togail dhan leughadair.

} Is e eilthireach a th' anns a' bhàrd agus e a' tilleadh dhachaigh air an aon chuan a thug air falbh na mìltean de dh'eileanaich eile à Uibhist agus eileanan eile gu diofar àiteachan air feadh an t-saoghail.





Cho buidhe 's a bha a riamh



Tha an t-òran seo a' nochdadh air "In Search of Angels" a' chiad ehlàr às dèidh do Dhonaidh Rothach an còmhlan fhàgail. A bheil am bàrd a' bruidhinn air an atharrachadh mhòr seo, air neo a bheil e a' bruidhinn air rudan eile na bheatha fhèin air neo anns an t-saoghal san fharsaingeachd – poilitigs, tubaistean msaa?

Is ged tha an saoghal dol bun-os-cionn
Is astar bhliadhnaichean tighinn oirn
Is ged tha mo dhùil ag èirigh suas
Is iomadh sgùrr a bhios fo sgleò.

Ach tha na siantan liath, is na siantan blàth
Le blàths cho dìomhair is nach gabh e inns
Is tha an lus tha fàs air croit Dhòmhnail Bhàin
Cho buidhe an-diugh is a bha i riamh.

Tha am bàrd a' mothachadh gu bheil e fhèin air fàs nas sine, ach cò eile air a bheil e a' bruidhinn? An t-eilean? A charaidean?

Tha e doirbh dha a bhith a' cur na tha e a' smaoinichadh an cèill.

Tha am bàrd a' tuigsinn ged tha e fhèin ann an deagh shunnd, gum bi làithean duilich anns an àm ri teachd dhàsan agus do dhaoine eile. Tha e a' dol os cionn nam beanntan mar gu bheil e air sgèith.

Tha am bàrd a' cleachdadh facal earan seann-fhasanta airson "iarmailt" no "adhar". Bidh na siantan a' ciallachadh na sìde san fharsaingeachd.

Tha an abairt "na siantan blàth" a' tighinn o sheann òran Ulbhisteach "Teann A-Nall" a bhios na òran gu math cudromach do dhaoine le buntanas ri Kibhist. Faic "Faileas air an Àirigh".

Chan eil e doirbh dha a bhith a' tilleadh dhachaigh; tha an seann taigh mar a bha e riamh. Tha an dath 'buidhe' na dhath a' samhachadh sealbh agus fortan anns a' Ghàidhlig. Nuair a ruigeas e Croit Dhòmhnail Bhàin, tha a h-uile rud mar a bha, tha am bàrd air ais. Tha seo a' dùsgadh co-fhaireachdainn agus cianalas airson òige.



Cho buidhe 's a bha a riamh



NOTAICHEAN



Tha *Cho Buidhe 's a Bha i Riamh* làn de fhaireachdainn air cianalas, ionndrainn, toileachas agus bròn. Tha e làn de theamaichean mar tilleadh dhachaigh, moladh àite agus moladh nàdair.

Chaidh a sgrìobhadh airson *In Search Of Angels* nuair a bha mòran ùpraid is mì-chinnt ann an Runrig le Donaidh Rothach a' fàgail agus an lorg airson prìomh sheinneadair a' cur uallach mòr air a' chòmhlán. Mar sin, 's beag an t-iongnadh gu bheil e coltach gu bheil Calum is Ruairidh a' sìreadh faochadh agus fois ann an àite a tha a' cur nan cuimhne làithean an òige. Tha e gu math feallsanachail cuideachd ge-tà, chan e an trioblaid as motha a th' ann, thig rudan math is dona san àm ri teachd, agus tha an t-side àlainn!

Gu fortanach, mar as aithne dhuinn, fhuair iad Brus Guthro agus lean an còmhlán orra a' dol o neart gu neart.

Tha na rannan den aon fhaid is den aon mheud. Chan eil an comhardadh ro theann anns an òran ach tha oidhirp ann gach dà loidhne a chomhardadh le fuaimean a tha faisg. (buan/smuint', cridhe/bhìth)

Tha am pìos feumail airson iomadh seòrsa sgrìobhaidh a bhrosnachadh. Gabhaidh a chleachdadh an cois sgeulachdan leithid *Làithean nan Uachdaran* le Dòmhnall Iain MacÌomhair no *An Coigreach* le Iain Mac a' Ghobhainn.



Teamaichean – Òige, Nàdar, Cianalas, Eilthireachd, Moladh àite



Cho buidhe 's a bha a riamh



A Mion-sgrùdadh agus Luachadh

A' Chiad Rann – Loidhne 1-4

1. Dè tha am bàrd a' dèanamh?
2. Dè tha ag innse dhuinn gu bheil an suidheachadh a' dùsgadh fhaireachdainnean làidir sa bhàrd?

A' chiad rann – Loidhne 5-8

3. Cò ris a tha am bàrd a' bruidhinn nuair a bhios e a' bruidhinn air "anam"?
4. Dè tha ag innse dhuinn gu bheil e coltach gu bheil beatha air a bhith caran doirbh dhan bhàrd?

An dara rann – Loidhne 1-8

5. Ciamar a tha am bàrd a' sealltainn dhan leughadair cho cudromach 's a tha an t-àite dha?

An Treas Rann – Loidhne 1-4

6. Dè tha cho èifeachdach mun ìomhaigheachd anns an treas agus anns a' cheathramh loidhne san treas rann?

An Treas Rann – Loidhne 4-8

7. Carson a tha an dath buidhe cho freagarrach nuair a bhios am bàrd a' bruidhinn air na lusan air Croit Dhòmhnail Bhàin?

An t-Òran air Fad

8. Le fianais on teasca, inns dè tha am bàrd a' feuchainn ri innse dhan luchd-leughaidh anns an òran seo?



Cho buidhe 's a bha a riamh



Ceist Litreachais (mu 400-600 facal)

Tagh pios litreachais anns a bheil iomhaigheachd làidir. Ciamar a bhios an sgrìobhadair ga cur gu feum airson faireachdainnean a dhùsgadh anns an leughadair?

Thoir iomradh air cleasan sgrìobhaidh eile ma bhios sin freagarrach.

B Cruthachadh agus Dèanamh

A' tilleadh dhachaigh

Smaoinich air tilleadh gu àite air a bheil thu fhèin measail – àite anns na h-eileanan no air a' Ghàidhealtachd, àite thall thairis, air neo do dhachaigh fhèin.

Cruthaich teacsa goirid (eadar 300-500 facal mas e rosg air neo mu 24 loidhne mas e bàrdachd/òran a th' ann) far am bi thu a' cur an cèill mar a bha e a' faireachdainn a' tilleadh thuige.

'S dòcha gum bi thu airson cuid de na ceistean seo a fhreagairt anns a' phìos agad:

- Carson a bha thu a' faireachdainn cianalas?
- Am faca, no an cuala, tu dad sam bith a thug ort a bhith ga ionndrainn?
- Carson a tha an t-àite cho sònraichte dhut?
- An robh càil sònraichte a bha thu ag ionndrainn?
- Ciamar a bha thu a' faireachdainn air do thuras ann?
- Dè a' chiad rud a bha ag innse dhut gun robh thu air ais a-rithist?





Faileas air an Àirigh (Proterra, 2003)



Tha faileas air an àirigh
Faileas air an àirigh
Tha 'n long a-muigh ceann a' bhàigh
Air madainn Chèitean tràth.

Tha grian ar cuimhne ag èirigh
Grian ar cuimhne ag èirigh
A' siubhal sràidean dùthaich ghallt'
Tro bhailtean saoghal chèin.

Tha 'm feasgar ciùin 's na siantan blàth
Tha grian 's an iar mar mheall den òr
An cuan mar sgàthan gorm gun sgleò
Is bu mhòr mo mhiann bhith 'n Uibhist leat.

Togaidh sinn ar fonn an àird
Togaidh sinn ar fonn an àird
'S ged tha mi fada bhua
Cha dhealaich sinn a-chaidh.





Faileas air an Àirigh



“Tha faileas air an àirigh” – tha am baile fo bhròn leis gu bheil cuideigin a’ fàgail is a’ dèanamh eilthireachd.

Is mathaid gu bheil iad a’ fàgail air a’ Mharloch no air a’ Mhetagama – dà long a shiubhail às na h-Eileanan an Iar a Chanada anns na 1920an.

Tha faileas air an àirigh }
Faileas air an àirigh }
Tha ‘n long a-muigh ceann a’ bhàigh }
Air madainn Chèitean tràth }

Tha a’ ghrian a’ samhlachadh solas agus gu bheil an cuimhneachan sin air an dachaigh a’ togail spiorad nan eilthireach fad on taigh.

Tha grian ar cuimhne ag èirigh
Grian ar cuimhne ag èirigh

A’ siubhal sràidean dùthaich ghallt’
Tro bhailtean saoghal chèin

Tha ‘m feasgar ciùin ‘s na siantan blàth
Tha grian san iar mar mheall den òr
An cuan mar sgàthan gorm gun sgleò
Is bu mhòr mo mhiann bhith ‘n Uibhist leat

Togaidh sinn ar fonn an àird
Togaidh sinn ar fonn an àird
‘S ged tha mi fada bhuat
Cha dhealaich sinn a-chaoidh.

A’ leantainn air o thoiseach an rainn,
tha an neach a’ bruidhinn anns an òran
a’ gealltainn gum bi a leannan no a
theaghlach na chuimhne gu bràth cho
fad ‘s gum bi iad a’ seinn còmhla.

Tha an loidhne seo a’ dùsgadh co-fhaireachdainn anns an leughadair.

Bhiodh eilthirich gu math tric a’ seinn òrain agus sailm nuair a bhiodh na luing a’ fàgail a’ chidhe agus thug iad na rudan leotha a-null thairis. Cho fad ‘s gu bheil iad a’ seinn nan òran bidh iad còmhla ann an spiorad.

Tha na buadhairean anns an dà loidhne seo ag innse mòran mun ionndrainn agus mun chianalas a tha air an neach anns an òran – tha gallta agus cèin gu math làidir mar fhaclan. Tha gallta a’ ciallachadh rud nach eil Gàidhealach agus tha cèin a’ ciallachadh àite gu math diofraichte is fad air falbh. Tha sràidean agus bailtean cuideachd an coimeas ris “an àirigh” agus “ceann a’ bhàigh”.

‘S e seo a’ chiad rann o Teann A-Nall – òran ainmeil Uibhisteach. Tha cianalas a’ bualadh air an neach anns an òran – ‘s mathaid gu bheil iad a’ seinn riutha fhèin, air neo aig cèilidh anns an dùthaich ùir. Tha e a’ dealbhadh ìomhaighean àlainn air Uibhist air latha brèagha, coltach ris an latha a bha “an long a-muigh ceann a’ bhàigh” anns a’ chiad rann.



Faileas air an Àirigh



NOTAICHEAN



Is e òran drùidteach a tha seo. Tha e coltach ri òran cèilidh mu dheidhinn cianalas ach le ìre eile de spioradalachd. Tha e a' bruidhinn air na bannan a tha eadar daoine agus na h-àiteachan a bhios iad a' fàgail air sgàth eilthireachd. Ged a thug na Fuadaichean buaidh mhòr air àireamh-sluaigh nan Gàidheal, thug eilthireachd buaidh mhòr eaconamach cuideachd. 'S mathaid buaidh na bu mhotha a rèir ùine.

Tha eilthireachd na cùis gu math èiginneach air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan fhathast. Èist ri Somhairle anns a' chòmhlán-ciùil Niteworks. Saoil a bheil thu ag aontachadh ris na tha Somhairle MacGill-Eain ag ràdh mu eilthireachd? Tha cothrom ann sgrùdadh sònraichte a dhèanamh a thaobh a' chuspair seo a' cleachdadh Faileas air an Àirigh.

A bharrachd air a bhith a' cleachdadh rann on òran ainmeil Uibhisteach 'Teann A-nall' le Gilleasbaig MacDhòmhnaill (Èairdsidh Dhòmhnaill 'ic Lachlainn) à Ceann a' Bhàigh, tha e a' togail air ìomhaighean eile san òran agus tha an t-òran an cois a' phasgain seo cuideachd. Bha Gilleasbaig fhèin ag obair a' mhòr-chuid de bheatha ann an Glaschu mus do thill e dhachaigh nuair a leig e dheth a dhreuchd, agus tha e na eisimpleir eile de dh'eilthireachd eileanach.

Tha ceòl air a bhith uabhasach cudromach do choimhearsnachdan Gàidhealach is Albannach a thoirt còmhla nuair a bhios iad fad on taigh. Ann an Glaschu, mar eisimpleir, tha Taigh-òsta na Pàirce agus taighean-seinnse timcheall air, a' tarraing Ghàidheil a-steach le ceòl agus craic Gàidhealach. Cluinnear Teann A-nall agus Òrain Runrig annta sin!



Teamaichean – Cianalas, Ionndrainn, Gaol, Eilthireachd, Teaghlach, Dualchas



Faileas air an Àirigh



TEANN A-NALL le Gilleasbaig MacDhòmhnaill

*Teann A-nall 's thoir dhomh do làmh,
Teann A-nall 's thoir dhomh do làmh,
Teann A-nall 's thoir dhomh do làmh,
Is bheir mi sgrìob do dh'Uibhist leat.*

Tha am feasgar ciùin 's na siantan blàth,
Tha ghrian san iar mar mheall den òr,
Tha an cuan mar sgàthan gorm gun sgleò,
'S bu mhòr mo mhiann bhith 'n Uibhist leat.

Tha sìth air aghaidh beinn is raon,
Tha fàileadh cùbhraidh thar an fhraoich,
'S tha neòinein bhòidheach fàs gach taobh,
'S bu mhòr mo mhiann bhith 'n Uibhist leat.

Na h-eòin a' seinn air bhàrr nan geug
'S an seillean tional mìl dha fhèin
Na h-uain a' mireag-ruith 's a leum
'S bu mhòr mo mhiann bhith 'n Uibhist leat.

Tha 'n iarmailt gorm gun lorg air neul
An sruthan torgan nas bhon t-sliabh
A' chuthag ghlas 's gùg-gùg na beul
'S bu mhòr mo mhiann bhith 'n Uibhist leat.

Tha 'n crodh a' geumnaich anns a' chrò
A' bhanarach 's a cuach na dòrn
A' seinn a duan 's i bleoghann bhò
'S bu mhòr mo mhiann bhith 'n Uibhist leat.

Bu mhòr mo mhiann bhith 'n siud san àm,
Is m' inntinn fad' bho thir nan Gall,
Ag èisteachd sgeulachd, òran 's rann,
'S bu mhòr mo mhiann bhith an Uibhist leat.

Tha pòr na machrach làn de bhiadh
Tha breac air linne 's lach air sgiath
Tha iasg am pailteas sa Chuan Shiar
'S bu mhòr mo mhiann bhith an Uibhist leat.

Is dìomhain dhuinne bhith cho faoin
A' siubhal saoghail ruith gach maoin,
Tha beatha is slàinte an tìr mo ghaoil,
'S gun tèid mi thàmh do dh'Uibhist leat.



Faileas air an Àirigh



A Mion-sgrùdadh agus Luachadh

A' chiad rann

1. Coimhead air ais air a' chiad loidhne.

Dè thathar a' ciallachadh le "faileas air an àirigh"?

An dara rann

2. Dè na h-abairtean a tha ag innse gu bheil an neach fada on taigh?

Teann A-Nall

3. Nad bheachd-sa, carson a tha iad a' cleachdadh earrann à òran mun àite a dh'fhàg an neach?

An treas rann

4. Dè an gealladh a tha an neach a' toirt dha na daoine aig an taigh?

An t-òran air fad

5. Tha ìomhaighean làidir a' dùsgadh cho-fhaireachdainn air feadh an òrain.

Tagh aon dhiubh agus minich carson a tha e cho èifeachdach.



Faileas air an Àirigh



B Cruthachadh agus Dèanamh

(i) Òrain Ghàidhlig

Ma tha thu air a bhith an sàs ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig o aois òg, bidh thu air eòlas a chur air iomadh òran Gàidhlig.

- Dè a' chiad òran Gàidhlig a dh'ionnsaich thu?
- Dè am fear as fheàrr leat?
- Dè am fear as lugha ort?
- Dè na cuimhneachain a tha agad air seinn aig mòdan/fèisean?

Sgrìobh adhbhar airson gach beachd.

Dèan deiseil airson do bheachdan innse dhan chlas.





Faileas air an àirigh



(ii) Litir Dhachaigh

Is tusa an neach a dh'fhàg air "an long a-muigh ceann a' bhàigh".

Sgrìobh litir dhachaigh ag innse mar a tha a' dol dhut. Cleachd an t-òran a leugh thu agus na puingeann a leanas airson do bhrosnachadh agus airson an litir agad ullachadh.

- A bheil cianalas ort?
- Dè no cò a tha thu ag ionndrainn?
- Cò ris a tha an t-àite ùr coltach?
- Dè an naidheachd a tha thu airson innse?
- Dè an naidheachd a tha thu airson fhaighinn?

(iii) Rannsachadh – Pròiseact A

Dèan rannsachadh mu dheidhinn nan àirighean – taighean-samhraidh far am biodh an òigridh a' dol as t-samhradh leis na caoraich agus leis a' chrodh. Bha an obair cruaidh ann, ach dhèanadh iad tòrr spòrs ann. Tha tòrr sgeulachdan ann co-cheangailte ris na h-àirighean.

'S mathaid gun cuir an rannsachadh seo ris an litir dhachaigh agad.

(iv) Rannsachadh – Pròiseact B

Dèan agallamh sa Ghàidhlig cuide ri cuideigin a rinn eilthreachd dhan bhaile mhòr no a dhùthaich eile. Faodaidh tu na ceistean seo a chleachdadh no na ceistean agad fhèin ullachadh.

- Carson a dh'fhàg iad an dachaigh aca?
- Dè cho tric 's a bhiodh iad a' tilleadh dhachaigh?
- Ciamar a bha iad a' faireachdainn aig an toiseach?
- An do dh'fhuirich iad air falbh no an do thill iad?
- An robh caraidean aca a' fuireach ann mu thràth?
- An d' fhuair iad an cothrom Gàidhlig a bhruidhinn?

Èist ris an earrann "The Cutter" anns an aonad seo mu òran a sgrìobh Runrig eilthreachd. Bheir sin beachd a bharrachd dhut.

<http://bbc.in/10PVVRH>



Fichead Bliadhna (The Highland Connection, 2000)



Ruith sa mhonadh - Ruith nam beann
'S mar sin dhan sgoil aig deireadh samhraidh
Nar clann - Aig còig bliadhna dh' aois
'S gun facal Beurla nar ceann.

Seo do leabhar - Seo do pheann
"Dèan do leasan," thuirt iad riumsa
"S gun èirich sibh suas anns an t-saoghal
'S gheibh sibh air adhart ann".

*Fichead bliadhn' airson firinn
B' fheudar dhomh feitheamh
'S b' fheudar dhomh lorg
Fichead bliadhn' de bhreugan
Thug iad ar n-eachdraidh air falbh bhuainn.*

Dh' ionnsaich sinn a leithid ann
Cànan 's bàrdachd, bàrdachd Bheurla
Ceòl na Gearmailt - Eachdraidh na Spàinnt
'S b' e sin an eachdraidh mheallt'.

Bhon sgoil don oilthigh chaidh sinn ann
A' leantail foghlam, tuilleadh foghlam
Mar amadan air deireadh sreang
Seòrsa de dh' fhoghlam nam cheann.

*Fichead bliadhn' airson firinn
B' fheudar dhomh feitheamh
'S b' fheudar dhomh lorg
Fichead bliadhn' de bhreugan
Thug iad ar n-eachdraidh air falbh bhuainn.*

Ach dh'èirich mi suas anns an t-saoghal
Fhuair mi deise, 's fhuair mi lèine
Fhuair mi àite ann an sùilean dhaoin'
Fada bhon mhonadh mi 'n-dràst'.

Carson a chùm iad eachdraidh bhuainn?
Innsidh mi dhut, tha iad gealtach
Mas èirich clann nan Gaidheal suas
Le ceistean sireach is cruaidh.

Nuair a thòisich mi air lorg
Cha do chreid mi mo shùilean
Obair olc.



Fichead Bliadhna



Tha am monadh agus na beanntan a' riochdachadh saorsa dha.

Tha e a' daingneachadh gur e clann a bh' annta - cha robh iad ach còig bliadhna. Tha seo a' dèanamh na rinn an siostam foghlaim orra nas miosa buileach.

Cha robh iad a' tuigsinn Beurla.

Ruith sa mhonadh - Ruith nam beann
'S mar sin dhan sgoil aig deireadh samhraidh
Nar clann - Aig còig bliadhna dh'aois
'S gun facal Beurla nar ceann.

Seo do leabhar - Seo do pheann

"Dèan do leasan," thuirt iad riumsa
"S gun èirich sibh suas anns an t-saoghal
'S gheibh sibh air adhart ann".

Tha seo glè choltach ri òrdain.

Mura dèan thu trioblaid agus gun lean thu na h-òrdain, nì thu adhartas ann an obair.

Tha an rann seo glè èifeachdach airson sealltainn gun robh an siostam foghlaim gu math cumhang agus cruaidh.

Bha aige ri fuireach fad fichead bliadhna airson seo fhaighinn a-mach agus bha aige fhèin ri fhaighinn a-mach.

Fichead bliadhn' airson **firinn**
*B' fheudar dhomh feitheamh
'S b' fheudar dhomh lorg
Fichead bliadhn' de bhreugan
Thug iad ar n-eachdraidh air falbh bhuainn.*

Dh' ionnsaich sinn a leithid ann
Cànan 's bàrdachd, bàrdachd Bheurla
Ceòl na Gearmailt - Eachdraidh na Spàinnt
'S b' e sin an eachdraidh mheallt'.

Tha am facal meallt' glè chruaidh - agus tha e a' ceangal ris an fhacal 'breugan' san t-sèist.

Fhuair iad foghlaim san sgoil ach cha d' fhuair iad eòlas air a' chultar aca fhèin. Cha do dh'ionnsaich iad cànan nan Gàidheil, bàrdachd Ghàidhlig, ceòl Gàidhlig no Eachdraidh Ghàidhealach no fiù 's eachdraidh na h-Alba. Gu math tric, 's e Gàidheil a bha gan teagasg mu na rudan seo agus 's ann tro mheadhan na Beurla a bhiodh iad a' bruidhinn.

Tha am facal "firinn" ga chleachdadh ann an òrain Runrig gu math tric, gu h-àraidh ann an òrain chràbhach - ach an seo tha e a' ciallachadh na firinn mu dheidhinn na thachair dha na Gàidheil às dèidh Chùil Lodair, anns na Fuadaichean, Strì an Fhearainn, Achd an Fhoghlaim agus na cogaidhean mòra.



Fichead Bliadhna



Tha sinn a' faighinn dealbh de chuideigin a tha "èliùiteach", cuideigin le "urram" – fear spaideil. Ged a tha e a' dèanamh obair inbhich, tha sinne, an luchd-èisteachd, ag aithneachadh nach eil e toilichte.

Bhon sgoil don oilthigh chaidh sinn ann
A' leantail foghlam, tuilleadh foghlaim
Mar amadan air deireadh sreang
Seòrsa de dh' fhoghlam nam cheann.

Tha an rann seo a' sealltainn gun robh an siostam foghlaim air fad ag obair an aghaidh na Gàidhlig. Ged a bha e a' faighinn 'foghlam', cha robh e ag 'ionnsachadh'.

Fichead bliadhn' airson firinn
B' fheudar dhomh feitheamh
'S b' fheudar dhomh lorg
Fichead bliadhn' de bhreugan
Thug iad ar n-eachdraidh air falbh bhuainn.

Tha e a' mothachadh gu bheil e air siubhal astar mòr on ghille bheag shaor a bh' ann nuair a bha e còig, anns gach seagh, gu litireil agus gu samhlachail.

Ach dh'èirich mi suas anns an t-saoghal
Fhuair mi deise, 's fhuair mi lèine
Fhuair mi àite ann an sùilean dhaoin'
Fada bhon mhonadh mi 'n-dràst'.

Is e ceist reatoraigeach a tha seo – sin agad ceist nach fheum freagairt oir tha fios aig a h-uile duine air an fhreagairt mar-thà. Tha e a' toirt freagairt dhuinn co-dhiù.

Carson a chùim iad eachdraidh bhuainn?
Innsidh mi dhut, tha iad gealtach
Mas èirich clann nan Gaidheal suas
Le ceistean sireach is cruaidh.

Tha an t-eagal air na daoine mòra ann an cumhachd.

Nuair a thòisich mi air lorg
Cha do chreid mi mo shùilean
Obair olc.

Na bheachd-san, ma bha fios aig na Gàidheil òga air dè thachair dhan an t-sluagh aca, bhiodh iad a' fàs an àird feargach agus làn bheachdan an aghaidh nan daoine mòra.

Cha robh e deiseil airson na firinn a fhuair e a-mach.
Tha e a' cleachdadh fear de na faclan as cumhachdaiche anns a' Ghàidhlig – gu sìmplidh agus agus soilleir, chan eil ceist ann – bha e "ole".

"S iomadh rud a chunnaic mi ri mo latha agus ri mo linn. Chunna mi na mnathan a' cur na cloinne anns na cairtean a bha gan cur on Ìochdar agus o Bheinn a' Bhaoghla, am fir-phòsta ceangailte rin taobh gun chomas làmh cuideachaidh a thoirt dhaibh. Chunna mi na fir mhòra làidir, ceatharnaich an t-saoghail, gan ceangal air cidhe Loch Baghasdail agus gan tilgeil ann an luing mar an crodh.

Dh'fhalbh iad uile gu sràidean Ghlaschu agus gu fàsaichean Chanada, a' chuid dhiubh nach do bhàsaich le acras agus le plàigh a' dol a-null air a' chuan. Aig Dia nan Dùl agus aige-san a-mhàin a tha fios air obair ghràineil dhaoine an là ud."

ri leantainn



Fichead Bliadhna




NOTAICHEAN

Is mathaid gur e seo an t-òran as cudromaiche ann an obair Runrig. Anns an àrd-sgoil, cha do rinn Calum Gàidhlig mar chuspair. 'B ann bliadhnaichean às dèidh dha an sgoil fhàgail a thòisich e air eachdraidh nan Gàidheil a rannsachadh; tro dhealbhan-cluiche mar *The Cheviot, The Stag and The Black Black Oil* a' dèanamh chuirtean agus an leabhar *Mightier Than A Lord* le Iain Friseal Griogar mu Strì an Fhearainn aig na croitearan air fhoillseachadh. B' e àm gu math radaigeach a bh' anns na 70an ann an Alba agus thug seo buaidh mhòr air poilitigs a' chomhlain.

Tha an earrann den òran a tha air a h-aithris seach air a seinn a' tighinn à Carmina Gadelica.

Tha e ag innse sgeulachd a bha cumanta air a' Ghàidhealtachd aig àm nam Fuadaichean agus mar a chaidh "obair olc" a dhèanamh air na Gàidheil le Uachdarain agus Riaghaltas Bhreatainn aig an àm.

Thàinig tòrr de na teamaichean agus na beachdan-smuain a nochd san òran seo mu eachdraidh nan Gàidheal gu buil air an ath chlàr aig Runrig – *Recovery*, ann an 1981.



Teamaichean – Gàidhlig, Bàs na Gàidhlig, Foghlam, Strì, Poilitigs, Obair, A' fàs suas

A Mion-sgrùdadh agus Luachadh

1. Cò ris a bha beatha a' bhàird coltach mus deach e dhan sgoil?
2. Dè tha ag innse dhuinn gun robh a bheatha san sgoil doirbh nuair a chaidh e innte an tòiseach?
3. Dè an seòrsa foghlaim a fhuair am bàrd san àrd-sgoil?
4. Dè tha am bàrd a' ciallachadh nuair a tha e a-mach air "an eachdraidh mheallt' "?
5. Dè tha am facal "breugan" ag innse dhuinn mu dheidhinn mar a tha am bàrd a' faireachdainn mun t-suidheachadh aige?





Fichead Bliadhna



6. Dè an samhla a tha am bàrd a' cleachdadh airson sealltainn mar a bha e a' faireachdainn mun fhoghlam aige às dèidh an oilthigh?

Ciamar a tha seo èifeachdach?

7. Carson a tha am bàrd a' smaoinichadh gun do chùim na tidsearan an eachdraidh dìomhair?
8. Dè tha a' sealltainn dhuinn nach robh am bàrd deiseil airson na fhuair e a mach?
9. Ciamar a tha thu a' faireachdainn às dèidh dhut an t-òran seo a leughadh/chluinntinn?

A bheil thu ag aontachadh ris na faireachdainnean a th' air an cur an cèill?

Thoir adhbhar airson do bheachd.

B Cruthachadh agus Dèanamh

'A people without the knowledge of their past history, origin, and culture is like a tree without roots.' – Marcus Garvey

Dèan rannsachadh air aon de na tachartasan a leanas a bha air leth cudromach ann an eachdraidh nan Gàidheal.

- Reachdas Eilean Ì
- Cùil Lodair
- Na Fuadaichean
- Achd an Fhoghlaim
- Strì an Fhearainn
- An Cogadh Mòr
- An Iolaire
- Am Metagama is Am Marloch



ri leantainn



Fichead Bliadhna



Lean an stiùireadh seo:

- Dè tha thu an dòchas fhaighinn a-mach mun tachartas?
- Dè thachair agus dè na h-adhbharan a bh' air cùl a' ghnòthaich?
- Dè a' bhuaidh a bh' aig an tachartas seo air na daoine agus air a' cultar agus an cànan aca?
- Lorg iomhaighean/mapaichean/càirtean-iùil a bhios a' soillearachadh an fhiosrachaidh agad.
- Clàraich a h-uile stòras a chleachdas tu airson an rannsachadh a dhèanamh.
- Dè do bheachd fhèin air cho cudromach 's a tha e gum bi daoine eòlach air an eachdraidh fhèin?





Foghar nan Eilean 78 (The Highland Connection, 1979)



Tha na duilleagan a' danrsa
Bho na craobhan anns a' ghaoith
Foghar donn ar bliadhn' air tionndadh
Nis tha luchd an t-samhraidh ma sgaoil.

Sona dh' fhàg thu mi le m' eilean
'S leam na lochan is na bàigh
Mo chridh' aig tàmh air beanntan geamhraidh
Nis tha luchd an t-samhraidh ma sgaoil.

Foghar nan eilean
Foghar mu thuath
Gheibh sinn beatha mar a chleachd sinn
Mas tàinig an sluagh
Bidh am fraoch air na beanntan
'S a' choille ruadh fon ghrian
'S iad a' sealltainn dathan dhòmhsa
Gus an till iad a-rithis'

Tha an latha seachad, bùithtean dùinte
Gheibh an caisteal fois na h-oidhch'
Gheibh an t-airgead cadal socair
Nis tha luchd an t-samhraidh ma sgaoil.

Mar a dh' atharraich iad ar beòshlaint
Mhill iad dualchas, cainnt 's ar dòigh
Ach, fhoghair, crathaidh mi do làmh
Nis tha luchd an t-samhraidh ma sgaoil.

Foghar nan eilean...





Foghar nan Eilean 78



Tha na Dòmhnallaich a' toirt dhuinn dealbh den fhoghar – duilleagan donn, gaoth – rudan a bhios a' cur nar cuimhne na ràith seo sa bhad.

Tha na duilleagan a' danrsa Bho na craobhan anns a' ghaoith Foghar donn ar bliadhn' air tionndadh Nis tha luchd an t-samhraidh ma sgaoil

“Luchd an t-samhraidh” – tha e a' cleachdadh abairt gu math bàrdail airson bruidhinn air luchd-turais. Chan eil iad ann a-nis.

Sona dh' fhàg thu mi le m' eilean 'S leam na lochan is na bàigh

Chan eil an t-àite clè trang leis gu bheil na daoine air falbh – tha cridhe a' bhàird a' faighinn fois “aig tàmh”.

Mo chridh' aig tàmh air beanntan geamhraidh Nis tha luchd an t-samhraidh ma sgaoil

Tha am bàrd a' faireachdainn mar gu bheil e a' faighinn sealbh air an eilean a-rithist – mar gun robh e air a ghoid bhuaithe roimhe. Bidh “lochan” agus “bàigh” a' nochdadh ann an òrain gu math tric nuair a bhios bàrd airson ìomhaigh mun dùthaich a thogail.

Foghar nan eilean Foghar mu thuath

Gheibh sinn beatha mar a chleachd sinn Mas tàinig an sluagh

Bidh am fraoch air na beanntan 'S a' choille ruadh fon ghrian

'S iad a' sealltainn dathan dhòmhsa Gus an till iad a-rithis'

Tillidh cùisean mar a b' àbhaist – 's e faochadh mòr a tha seo dhan bàrd.

Tha na craobhan air fàs donn is ruadh mar a bhiodh dùil.



Tha 'sluagh' eifeachdach mar fhacal, tha e a' ciallachadh àireamh mhòr de dhaoine.

Ged a bhios mòran a' smaoinichadh air eileanan mar àiteachan dorcha, fliuch sa Gheamhradh – tha am bàrd a' faicinn gu bheil àilleachd is bòidheachd san àite fad na bliadhna.



Foghar nan Eilean 78



Tha an latha seachad, bùithtean dùinte
Gheibh an caisteal fois na h-oidhch'
Gheibh an t-airgead cadal socair
Nis tha luchd an t-samhraidh ma sgaoil

Is e airgead a tha a' toirt nan daoine ann agus a bhios gan cumail trang.

Bidh na gnìomhachasan a tha an crochadh air turasachd dùinte.

Mar a dh' atharraich iad ar beòshlaint
Mhill iad dualchas, cainnt 's ar dòigh
Ach, fhoghair, crathaidh mi do làmh
Nis tha luchd an t-samhraidh ma sgaoil

Thug turasachd buaidh mhòr air beatha anns na h-eileanan.

Foghar nan eilean...

Tha Dòmhnallach a' pearsanachadh
"Foghar" – tha e cho toilichte gu bheil
"Luchd an t-samhraidh" ma sgaoil
's gun crath e làmh an fhoghair.

Tha cultar agus cànan nan Gàidheal air fulang ri linn turasachd – 's e Beurla a tha an luchd-turais an dùil; tha iad ag iarraidh ceòl agus rudan eile a bhios a' dol leis na beachdan aca ro-làimh air cò ris a bha cultar nan Gàidheal coltach.





Foghar nan Eilean 78



NOTAICHEAN



Tha Calum is Ruairidh fhèin ag aideachadh gu bheil an t-òran seo a' seasamh mar aoir agus gu bheil e ag obrachadh air gach taobh, a' magadh air an luchd-turais agus a' togail phuingeann cudromach mun bhuidh a tha air a bhith aca air beatha nan eilean, ach cuideachd a' togail ceist mu na gearainean mu dheidhinn luchd-turais.

Tha iad a' gabhail orra seòrsa de phearsa airson an t-òran a sheinn.

Tha an cothrom ann deasbad a thogail mu na buannachdan, cothroman agus call a tha an cois turasachd. 'S mathaid gum bi cuid mhath de na sgoilearan an sàs ann an obair co-cheangailte ri turasachd air neo gu bheil na pàrantan aca ag obair san roinn.



Teamaichean – Turasachd, Eilthireachd, Dachaigh, Poilitigs, Aoir

A Mion-sgrùdadh agus Luachadh

Rann 1

1. Ciamar a tha am bàrd a' sealltainn gu bheil am foghar ann a-nis (a bharrachd air am facal "foghar" ainmeachadh)?

Rann 2

2. Dè tha am bàrd a' faireachdainn mun luchd-turais a bhith air falbh?
3. Cò ris a tha an t-eilean coltach gun luchd-turais?

Rann 3

4. Dè a' bhuidh a bhios aig turasachd a' tighinn gu crìch?

An e rud math no dona a th' ann am beachd a' bhàird?

Rann 4

5. Dè an cleas a bhios am bàrd a' cleachdadh airson sealltainn cho toilichte 's a tha e gu bheil an luchd-turais ma sgaoil?

Sèist agus an t-òran air fad

6. Dè tha am bàrd a' feuchainn ri ràdh mu dheidhinn turasachd agus an dachaigh aige?

Thoir adhbharan airson do bheachd.



Foghar nan Eilean 78



B Cruthachadh agus Dèanamh

(i) Sgrìobhadh Macmeanmnach

Tha thu fhèin ag obair ann an gnìomhachas a tha a' dùnadh aig crìoch seusan na turasachd:


- Ciamar a tha thu a' faireachdainn?
- Dè na cuimhneachain as fheàrr/as miosa a th' agad on t-samhradh?
- Cò ris a tha/nach eil thu a' coimhead air adhart sa gheamhradh?

(ii) Bàrdachd

Dèan dàn acrostic mu gach ràith.

(Èist ris na h-òrain eile aig Runrig co-cheangailte ris na ràithean, ma thogras tu, mar bhrosnachadh mar eisimpleir, Chì mi 'n Geamhradh no Na h-Uain as t-Earrach).

E	S	F	G
A	A	O	E
R	M	R	A
R	H	G	M
A	R	H	H
C	A	A	R
H	D	R	A
	H		D
			H



(iii) Pròiseact Rannsachaidh

Dèan rannsachadh air turasachd anns an sgìre agad.

- Dè na h-obraichean a bhios an crochadh air turasachd?
- Dè na buannachdan a th' ann dhan sgìre?
- Dè na duilgheadasan a tha ann dha na daoine?



Foghar nan Eilean 78



(iv) Deasbad

Cuir air dòigh deasbad air a' mholadh a tha seo:

"Tha làithean-saora anns na h-Eileanan an Iar fada nas fheàrr na cuairt gu eileanan na Spàinne."

- Dè tha math mu shaor-làithean anns na h-eileanan?
- Dè nach eil cho math mu shaor-làithean anns na h-eileanan?

Lìon an clàr seo le eisimpleirean o gach taobh :




Buannachdan	Trioblaidean
seallaidhean àlainn	chan eil e a' dol fad na bliadhna
obraichean do mhuinntir an àite...	cus trafaig...

'S dòcha gum bi thu airson an t-eadar-lìon a chleachdadh airson rannsachadh a dhèanamh.





An Toll Dubh agus Sona (Recovery, 1981 & Everything You See, 2007) (Eacarsaich Coimeas)



An Toll Dubh

Taobh cùil an dorais - cha bhi grian
Suidh aig bòrd
Cha bhi biadh 's cha bhi fion
Taobh cùil an dorais - cha bhi grian
Cha bhi biadh 's cha bhi fion

Le èiginn ar n-èirigh às ar suain
Le èiginn ar n-èirigh às ar suain
An Gàidheal san leabaidh
An Gàidheal na shuain
Le èiginn ar n-èirigh às ar suain

Thàinig e à Sasainn ann
Thàinig e
Le eachaibh luath is iuchair throm
Thàinig e à Sasainn ann
Le eachaibh luath is iuchair throm

Le èiginn ar n-èirigh às ar suain...

Air làr san toll-dhubh - cha bhi grian
Cha bhi gealach
'S dubh an oidhche chaidleas sinn
Air làr san toll-dhubh - cha bhi grian
'S dubh an oidhche chaidleas sinn

Le èiginn ar n-èirigh às ar suain...

Sona

"Taobh cùil an dorais, cha robh grian
Cha robh biadh is cha robh fion"
Tha là' an t-saorach neist air tighinn
Mar tuil, mar eun air sgiath

"Cùm a-mach do shùil is èist"
Tha tobar shaibhreas aig an fhèis
Ar clann an-diugh, le guth an-dè
Gaisgich òg, le mire, le spèis

Sona 'dràst' tha mi
'S mi gun uallach fon a' ghrian
Linn ùr a' tighinn gu bith
'Mach à fàsach lom is tioram

Tha i àlainn, tha i òrach
Tha i làidir, tha i bòidheach



An Toll Dubh



Iomhaigh làidir airson an t-òran fhosgladh – tha sinn air cùl doras, chan eil fhios againn càite, ach tha e coltach gu bheil e dùinte.

An Toll Dubh

Taobh cùil an dorais - cha bhi grian
Suidh aig bòrd
Cha bhi biadh 's cha bhi fion
Taobh cùil an dorais - cha bhi grian
Cha bhi biadh 's cha bhi fion

Cha bhi solas, agus cha bhi biadh no deoch ann. Tha fion na shamhla air an t-slànachadh a bha an cois Crìosdaidheachd; cha bhi dòchas ann dha na Gàidheil.

Le èiginn ar n-èirigh às ar suain
Le èiginn ar n-èirigh às ar suain
An Gàidheal san leabaidh
An Gàidheal na shuain
Le èiginn ar n-èirigh às ar suain

'S e cadal trom domhainn a tha ann an 'suain'.
Tha e gu bhith doirbh dùsgadh agus èirigh.

Tha an sluagh ga phearsanachadh mar aon neach – An Gàidheal – agus tha e lag agus bog agus chan eil e air mothachadh do na rudan ole a tha air tachairt dha air neo chan eil e a' dèanamh càil airson cur nan aghaidh.

Thàinig e à Sasainn ann Thàinig e

Le eachaibh luath is iuchair throm
Thàinig e à Sasainn ann
Le eachaibh luath is **iuchair throm**

Ged 's e Sasainn a tha anns an dàn, tha na Dòmhnallaich a' cur 'South' no 'Ceann a Deas' ann an cuid de dh'eadar-theangachaidhean. Chan eil e soilleir a bheil na Dòmhnallaich a-mach air Sasannaich neo Beurla.

Bha eich riamh nan samhla air na h-uachdarain. Cha robh eich ach aig na Gàidheil a bu bheairtiche. Tha seo a' toirt dhuinn dealbh air cuideigin ga ruagadh le bàillidh na h-oghreachd is iad a' dol às dèidh poidseir.

Tha an iomhaigh den luchair throm a' ceangal ris an teama de phrìosan agus na Gàidheil a bhith ann an toll dubh. Feumaidh gu bheil an toll dubh gu math domhainn agus an doras air gu math trom ma bhios an iuchair cho trom cuideachd.



An Toll Dubh



Le èiginn ar n-èirigh às ar suain...

Air làr san toll-dhubh - cha bhi grian

Cha bhi gealach

'S dubh san oidhche chaidleas sinn

Air làr san toll-dhubh - cha bhi grian

'S dubh an oidhche chaidleas sinn



Nuair a bhios Gàidhlig marbh, cha bhi solas ann dha na daoine agus cha bhi dùsgadh ann tuilleadh.

Le èiginn ar n-èirigh às ar suain...

Mar as trice, bidh a' ghealach a' toirt beagan soilleireachd anns an dorchadas ach chan eil solas sam bith san toll-dhubh - ìomhaigh eu-dòchasach.



Sona



Bha Gàidhlig ann a leithid de phrìosan fad linntean – tha feisean agus rudan eile air na dorsan sin fhosgladh.

Sona

“Taobh cùl an dorais, cha robh grian
Cha robh biadh is cha robh fion”
Tha là’ an t-saorach neist air tighinn
Mar tuil, mar eun air sgiath

Coimeas eadar dà ìomhaigh o sgeulachd Noah sa Bhioball – ‘S e a’ chiad fhear an tuil agus mar a sguab e air falbh a h-uile rud dona a thàinig roimhe, agus eun air sgiath – coltach ris a’ chalman a’ tilleadh le geug na bheul.
Tha eun air sgiath a’ samhlachadh saorsa.

Tha an tobar na ìomhaigh gu math cumanta ann an cultar nan Gàidheal airson beairteas agus eachdraidh.

“Cùm a-mach do shùil is èist”
Tha tobar shaibhreas aig an fhèis
Ar clann an-diugh, le guth an dè
Gaisgich òg, le mire, le spèis

Tha am bàrd a’ tarraing o sheann òran eile Dùisg Mo Rùn, òran a bhios ga sheinn aig euid de dh’fhèisean – traidisean ùr air a chruthachadh.
Is e rud ùr-nodha a tha seo ach le ceanglaichean ris na sinnsirean, na daoine a bh’ ann – tha iad a’ bruidhinn rinn tron òigridh.

Sona ‘dràst’ tha mi
‘S mi gun uallach fon a’ ghrian
Linn ùr a’ tighinn gu bith
‘Mach à fàsach lom is tioram

Tha na gaisgich òga a’ sabaid airson Gàidhlig ann an dòigh a tha spòrsail ach làidir, le urram dhan dualchas.

Tha i àlainn, tha i òrach
Tha i làidir, tha i bòidheach

Tha e toilichte agus chan eil an dragh a bha air nuair a sgrìobh e An Toll Dubh ann – tha dòchas ann airson na Gàidhlig na bheachd-san.

Tha seo a’ tarraing air ìomhaighean eile on Bhioball – na h-Eabhraich a’ teiche on fhàsach às dèidh dà fhichead bliadhna air allaban. Tha beatha ùr a’ tilleadh dha na Gàidheil.



Ceithir buadhairean cumhachdach airson sealltainn beachd Chaluis air a’ Ghàidhlig.



An Toll Dubh agus Sona



NOTAICHEAN



An Toll Dubh

'S e rabhadh a tha anns an òran seo agus 's e fear de na h-òrain as làidire a th' ann an stòras Runrig. Chaidh a chlàradh an toiseach air Recovery ann an cruth a rinn e gu math coltach ri òran-luaidh. Bha seo gu math poilitigeach agus cudromach airson sealltainn gun robh luach agus neart ann an cultar nan Gàidheal fhathast.

Chaidh ath-chlàradh ann an 2003 airson Proterra agus tha e na phàirt mhòr de chonsairtean Runrig fhathast an-diugh.

Sona

Sgrìobh Calum an t-òran seo nuair bha e an sàs gu mòr le Fèisean anns an sgìre far an robh e a' fuireach. Chaidh a' chiad fhèis a chumail ann am Barraigh ann an 1981 nuair a bha Mgr Cailean MacAonghais, sagart san eilean, agus am piobaire Aonghas MacDhòmhnail airson cultar agus cànan nan Gàidheal a bhrosnachadh am measg na h-òigridh anns an eilean. A-nis tha cha mhòr caogad fhèis a' tachairt air feadh Alba, agus chaidh Fèisean nan Gàidheal a stèidheachadh ann an 1991. Tha òrain agus pùirt Runrig am measg a' chiùil a tha air ionnsachadh aig na fèisean agus ged tha e doirbh a thomhas, bha Runrig agus na fèisean a cheart cho cudromach dha chèile ann a bhith a' cumail Gàidhlig beò san fhicheadamh linn agus a-steach dhan a' chiad linn air fhichead.



Teamaichean – Bàs na Gàidhlig, Ath-bheothachadh, Poilitigs, Ceòl, Òigridh





An Toll Dubh agus Sona



A Mion-sgrùdadh agus Luachadh

1. Tagh na faclan a fhreagras air gach òran.

dòchasach

ìomhaighean de rudan a' fàs

"sona"

nas fheàrr

saibhreas

tiotal

làidir

eu-dòchasach

ìomhaighean

dorch

tiotal

aotrom

cruaidh

de phrìosan

2. Tagh ìomhaigh làidir o fhear de na h-òrain. Carson a tha e a' toirt buaidh ort?
3. Èist ris an dà chlàradh de *An Toll Dubh* agus inns dè am fear as fheàrr leat?

Thoir adhbharan airson do bheachd?

4. Dè an diofar a tha eadar an dà òran a thaobh feallsanachd? Cò am fear ris a bheil thu ag aontachadh?

Thoir adhbhar airson do bheachd.

B Cruthachadh agus Dèanamh

Èist ris an òran *Recovery* o *Recovery*.

Cruthaich sgeidse bheag far a bheil cuideigin ga sadail dhan prìosan airson Gàidhlig a bhruidhinn.

Coimhead film Màiri Mhòr nan Òran no An Ceasnachadh airson brosnachadh:

<https://m.youtube.com/watch?v=HNJgudcRi64>





Tìr a' Mhurain (Searchlight, 1989)



*Trobhad is coisich rium
Ri taobh a' chuain
Is seallaidh mi dhut
Tìr a' mhurain.*

Fàilte gu mo dhàn
Sìol is meas nam bàrd
Am foghar bha feitheamh orm
Bho an là a bha mi òg.

(Sèist)

Fàilte gu mo thìr
Eilean geal an iar
An t-àit' a chì gach tuigse is firinn
Glaiste na mo chridhe.

(Sèist)

Fàilte gu mo chainnt
Is i dh' ionnsaich mi nam phàiste
Cànan uasal mòr nan Gàidheal
Mar bhratach dhomh gach là.

(Sèist)

Is ged a dh' fheuch iad ri cur às dhuinn
Chì mo theaghlach cnoc nan linn
Is ged tha ar cànan leòint le strì
'S an tìr seo bidh i beò.



Tìr a' Mhurain



Is e sèist gu math tràidiseanta a tha seo –
tha e a' cur ìmpidh air an luchd-èisteachd tighinn is a
dhol air cuairt còmhla ris gu àite a tha cudromach dha.
Thoir sùil air òrain leithid “Dùisg mo Rùn” le Runrig.

*Trobhad is coisich rium
Ri taobh a' chuain
Is seallaidh mi dhut
Tìr a' mhurain*

Fàilte gu mo **dhàn** }
Sìol is meas nam bàrd }
Am foghar bha feitheamh orm }
Bho an là a bha mi òg }

(Sèist)

Fàilte gu mo thìr
Eilean geal an iar

Is e dath gu math cudromach a tha ann an “geal” aig
nan Gàidheal. Tha e a' samhlaichadh rudan ùra, rudan
bòidheach. Cuideachd, tha e a' cur nan cuimhne na tràighean
fada, geala ann an Ìbhist a bhios ga chuairteachadh.

**An t-àit' a chì gach tuigse is firinn
Glaiste na mo chridhe**

(Sèist)

Fàilte gu mo chainnt
Is i dh' ionnsaich mi nam phàiste
**Cànan uasal mòr nan Gàidheal
Mar bhratach dhomh gach là**

'S e àite sònraichte a th' ann an Ìbhist
dhan bhàrd – tha e a' dùsgadh rudeigin
na bhroinn. Tha a h-uile càil a' tighinn
am follais nuair a bhios e ann.

Tha an ìomhaigh “glaiste na mo chridhe” glè
èifeachdach – tha e mar nach eil e a' tighinn
thuige nuair a bhios e a' falbh ach nuair a
thilleas e dhachaigh, thig fuasgladh air.

Mar “an dàn”, tha
Gàidhlig air a bhith
aige fad a bheatha.

(Sèist)

Is ged a dh' fheuch iad ri cur às dhuinn
Chì mo theaghlach cnoc nan linn
Is ged tha ar cànan leòint le strì
'S an tìr seo bidh i beò

Chan eil e a' faicinn Gàidhlig mar rud beag
– is e cànan uasal mòr a tha ann. Tha e na
chuideachadh agus na chomharra-iùil dha.

Tha brataichean co-cheangailte
gu mòr ri fein-aithne.

Ged a rinn mòran dhaoine oidhirp cur às
dha na Gàidheil tro na fuadaichean agus
foghlam, tha iad fhathast ann agus bidh
teaghlach a' bhàird a' cùmail sin an-àird.

Tha an ceangal eadar an tìr agus
an cànan buan agus daingeann
ann am beachd a' bhàird.

Tha a' Ghàidhlig mar shaighdear air
a ghoirteachadh anns a' chogadh, ach
a dh'aindeoin seo, fuirichidh i beò ann
an Ìbhist ann am beachd a' bhàird.



Tìr a' Mhurain



NOTAICHEAN



Ged tha e coltach air a' chiad èisteachd agus air a' chiad leughadh gur e òran molaidh sìmplidh a th' ann mu dheidhinn àite a tha cudromach dhan bhàrd, às dèidh treis thig e am follais gur e òran glè chumhachdach agus dòmhainn a th' ann an Tìr a' Mhurain.

'S e muran am feur a bhios a' fàs air na machraichean ann an Uibhist agus 's e fear de na far-ainmean airson Uibhist a Deas a th' ann an Tìr a' Mhurain gu h-àraidh. Tha far-ainmean glè phailt airson nan eilean, gu h-àraidh ann am bàrdachd agus òrain: Tìr an Eòrna (Uibhist a Tuath); Tìr nam Beann (Na Hearadh/A' Ghàidhealtachd); Tìr nan Òg (Barraigh); Eilean Fraoich (Leòdhas) agus Eilean a' Cheò (An t-Eilean Sgitheanach).

Ged nach eil an comhardadh buileach cho teann, tha e a' leantainn structar AABB – far am bi a' chiad is an dara loidhne a' comhardadh ri chèile, is an treas is an ceathramh. Tha seo a' cuideachadh le gluasad an òrain.



Teamaichean – Bàrdachd, Dachaigh, Gàidhlig, Gràdh-dùthcha, Fèin-aithne, Teaghlach



Tìr a' Mhurain



A Mion-sgrùdadh agus Luachadh

1. Dè an seòrsa ìomhaigheachd a tha am bàrd a' cleachdadh anns a' chiad rann airson sealltainn gu bheil an tàlant aige air fàs? Ciamar a tha iad co-cheangailte?
2. Dè an seòrsa buaidh a tha aig an eilean air a' bhàrd a rèir an dara rann?
3. Dè tha ag innse dhuinn gun robh Gàidhlig aige fad a bheatha?
4. Ciamar a tha am bàrd a' sealltainn gu bheil e pròiseil às a' chànan aige san treas agus sa cheathramh rann?
5. Ciamar a bhios am bàrd a' dèanamh ceangal eadar na rannan?
6. Dè tha am bàrd a' feuchainn ri dhèanamh leis an òran seo, nad bheachd-sa?

B Cruthachadh agus Dèanamh

Cò ris a bhiodh bratach nan Gàidheal coltach?

Tha brataichean glè chudromach airson fèin-aithne sluaigh a chomharrachadh. Chan eil aon bhratach aig luchd na Gàidhlig air no muinntir na Gàidhealtachd airson sin a shealltainn. Ge-tà, tha measgachadh de dhiofar bhrataichean ann a tha a' feuchainn ri oidhirp a dhèanamh air

Tha bratach math airson rudan cudromach dhan dùthaich no dhan t-sluagh a shamhlachadh. Tha dathan agus samhlaidhean air an cleachdadh airson rudeigin cudromach innse.



Tìr a' Mhurain



Bratach nan Gàidheal ann an Alba Nuadh – tha am bradan a' samhlachadh bradan an eòlais a thug gliocas do dh'Fhionn MacCumhaill ann an uirsgeul agus an dualchas nan sgeulachdan ann an Alba Nuadh, Èirinn, Alba agus Eilean Mhanainn. Tha e cuideachd ann an crùth "G" airson Gàidhlig.



Bratach Uibhist a Deas – tha an crann Lochlannach a' samhlachadh dualchas Lochlannach an eilein (coltach ri brataichean nan dùthchannan Lochlannach mar an t-Suain, Nirribhidh, Innis Tìle). Tha an dath uaine a' samhlachadh an fhearainn thorraich agus tha an crann gorm a' samhlachadh na mara.



Bratach Comhairle nan Eilean Siar – tha birlinn a' nochdadh air a' bhratach. 'S e samhla air Tighearnas nan Eilean a tha seo, ach tha e cuideachd na shamhla a bhios cumanta air feadh nan Eilean airson sealltainn gu bheil na h-Eileanan aonaichte – tha am pàtran tuinn a' sealltainn a' chuain agus tha an t-òr a' riochdachadh nan tràighean àlainn.



Tìr a' Mhurain



(i) Pròiseact Dealbhaidh

Dèan rannsachadh air samhlaidhean co-cheangailte ri clann-cinnidh, eileanan, na Ceiltich, Gàidhlig agus an sgìre agad fhèin.

Cruthaich bratach airson Gàidhlig na h-Alba a riochdachadh.

Bi deiseil do bhratach a mhìneachadh dhan bhuidheann no dhan chlas.

Ullaich paragraf goirid air neo bruidhinn air a' bhratach airson dà mhionaid.

Dèan taisbeanadh anns an sgoil leis na brataichean uile.

(ii) Pròiseact – Cruthachadh is Dealbhadh AIA

Taisbeanadh agus Postair

Dèan rannsachadh air Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar:

- Dè an suidheachadh a tha aig a' chànan an-dràsta anns na h-Eileanan an Iar?
- Ciamar a tha an suidheachadh diofraichte on t-suidheachadh a bha ann o chionn bhliadhnaichean? An aithne dhut daoine o na h-àiteachan seo? Faighnich dhaibh-san.
- Cia mheud duine a bhios ga bruidhinn/tuigsinn/cleachdadh? Coimhead ri gach eilean. A bheil diofar eatarra?
- A bheil thu am beachd gu bheil a' Chomhairle no an Riaghaltas a' dèanamh gu leòr airson an cànan a bhrosnachadh?
- Ceist no cuspair sam bith eile a tha sibh a' saòilsinn iomchaidh.

Earrann Leughaidh/ Èisteachd





A' ruith chun an t-solais (Comannair Laurel Clark)

Earrann A

Ann an Dà Mhìle 's a Seachd, chaidh taisbeanadh a' comharrachadh eachdraidh Runrig a chumail ann an taighean-tasgaidh ann an Uibhist a Tuath agus anns an Eilean Sgitheanach.

Bha seo gu math freagarrach oir tha an dà àite cho fìor chudromach don chòmhlán-ciùil mhòr Ghàidhealach seo. Thogadh Ruaraidh agus Calum ann an Loch nam Madadh agus thàinig an còmhlán còmhla ann am Port Rìgh.

Am measg seann phostairean, dealbhan nach fhaic sinn tric agus rudan prìseil eile (leithid a' chiad ghiotàr aig Malcolm Jones agus an t-inneal-clàraidh air an do rinn Runrig a' chiad chlàr aca, *Play Gaelic*) bha seann CD den chlàr *The Stamping Ground* ga thaisbeanadh.

Shaoileadh tu nach biodh seo neo-àbhaisteach ann an taisbeanadh mu chòmhlán-ciùil ach bha an sgeulachd air a chùlaibh glè dhuilich.

Chaidh an clàr a lorg am measg sprùilleach on Speur-shoitheach Columbia a bhris às a chèile nuair a bha e a' tilleadh gu Talamh ann an Dà Mhìle 's a Tri.

'S ann leis a' Chomannair Laurel Clark a bha an clàr. Bhàsaich Comannair Clark anns an tubaist aig aois ceathrad 's a h-aon còmhla ri sianar speuradairean eile a bha air bòrd.

1. Carson a bha e iomchaidh taisbeanadh air Runrig a chumail ann an Uibhist?
2. Ainmich dà sheòrsa rud a bha ri fhaicinn anns an taisbeanadh.
3. Carson **nach biodh** e neo-àbhaisteach CD fhaicinn aig taisbeanadh mar seo?
4. Dè a' bhuaidh a th' aig an fhacal "sprùilleach" nuair a bhios sinn a' leughadh mu tubaist Cholumbia?
5. Cia mheud duine a bhàsaich ann an tubaist a' Cholumbia?



A' ruith chun an t-solais (Comannair Laurel Clark)



Earrann B

Chuir Laurel eòlas air Runrig nuair a bha i ag obair don Chabhlach Ameireaganach air Abhainn Chluaidh.


Nuair a bhios rocaidean a' dol gu fànas, tha e cudromach nach bi iad ro throm, agus mar sin, chan fhaod speuradairean cus rudan a bharrachd a thoirt leotha, fiù 's rudan cho aotrom ri clàr. Mar sin, 's e urram mòr a bh' ann do Runrig gun tug Laurel leatha an clàr. Bha i air agallamh a dhèanamh airson iris Runrig agus bha i a' dol a sgrìobhadh artaigil dhan iris nuair a thilleadh i.

Bhiodh NASA a' cluich an òrain a b' fheàrr leatha, *Running to the Light*, gach madainn airson a dùsgadh. Anns an teachdaireachd mu dheireadh aice chun an Talaimh, bhruidhinn Laurel air cho measail 's a bha i air Runrig agus mar a dhùisg iad cuimhneachan innte air Alba, agus air an duine aice agus a mic, Jon agus Iain.

6. Cuin a chuala Laurel Clark Runrig airson a' chiad uair?
7. Carson a bha e na urram mòr gun tug Laurel CD Runrig leatha dhan fhànas?
8. Ainmich aon rud a thachair anns an fhànas a bha a' sealltainn cho measail 's a bha i air ceòl Runrig.



A' ruith chun an t-solais (Comannair Laurel Clark)



Earrann C

Gu mì-fhortanach, chan fhaca Laurel a teaghlach tuilleadh. Cha robh fhios aig neach air bòrd dè bha a' dol a thachairt. Chuir NASA a-mach bhidio de cheathrar den chriutha ag ullachadh airson tilleadh a-steach gu Talamh. Bha Laurel a' togail dhealbhan den t-sealladh on uinneig. Mionaidean às dèidh sin bha iad uile marbh.

Chaidh an CD aig Laurel a lorg ann an achadh ann an Texas agus thug Jon agus Iain e dhan chòmhlán. Thuirt Jon, a bha ag obair do NASA cuideachd, "Bha mi a' faireachdainn gun robh e cudromach taing a thoirt dhan chòmhlán airson na rinn iad do Laurel. Rinn iad an ùine aice air Talamh – agus ann am fànas – nas fheàrr leis a' cheòl aca."

Thug an sgeulachd bhrònach seo buaidh mhòr air Calum agus Ruairidh agus chleachd iad an clàradh de theachdaireachd Laurel air an òran *Somewhere* air a' chlàr dheireannach aca, *The Story*. Is i an guth mu dheireadh a chluinneas tu.

9. Dè tha a' sealltainn nach robh fhios aig a' chriutha dè bha a' dol a thachairt?
10. Dè thuirt an duine aig Laurel, Jon, mu cheòl Runrig?
11. Dè bha a' sealltainn gun tug bàs Laurel buaidh air Runrig?
12. Dè an seòrsa sgrìobhaidh a tha seo?

Cò dha a chaidh am pìos seo a sgrìobhadh? Thoir adhbhar airson do bheachd.

13. Dè do bheachd fhèin air a' phìos seo?

Thoir adhbhar airson do bheachd.

Cruthachadh agus Dèanamh

14. Tha thu a' fàgail na Talmhainn airson dachaigh ùr air planaid ceathrad bliadhna-solais air falbh. Chan fhaic thu do theaghlach gu bràth tuilleadh – dè chuireas tu ann an teachdaireachd thuca?

- Cò bhios tu ag ionndrainn?
- Carson a bhios tu gan ionndrainn?
- Ciamar a bheir thu cofhurtachd dhaibh?





Eachdraidh Runrig



Earrann A

Chluich an Còmhlán Dannsaidh Runrig airson a' chiad uair le triùir chluicheadairean ann an 1973 aig Talla na Caol-aibhne ann an Glaschu. B' iad na bràithrean Dòmhnallach - Ruairidh air giotàr agus a bhràthair, Calum, air na drumaichean - agus Blair Dùbhghlas, air a' bhogsa-ciùil a bha sa chòmhlán. Ghabh Donaidh Rothach dhan chòmhlán a' bhliadhna an dèidh sin mar sheinneadair a bharrachd sa bhuidheann. Dh'fhàg Blair às dèidh greis agus thàinig seann charaid-sgoile, Raibeart Dòmhnallach nach maireann, nan lùib. Gu mì-fhortanach chaochail Raibeart ann an 1986 às dèidh dha fulang fada le aillse.

Ro 1978, cha robh na balaich ag obair mar chòmhlán Runrig ach pàirt-ùine, agus 's ann mar sin a bha iad nuair a chlàr iad a' chiad chlàr aca *Play Gaelic* còmhla ris a' chompanaidh-ciùil Albannach, Lismore. Às dèidh a' chiad cheum sin, shaoil iad gum biodh barrachd saorsa aca a thaobh airgead agus cruthachadh nam biodh companaidh clàraidh neo-eisimileach aca fhèin. Chuir iad air dòigh Ridge Records agus thòisich iad a' cluich gu proifeiseanta. Leig seo leotha an dara clàr - a bha an dà chuid nas buadhmoire agus nas cruaidhe - a dhèanamh ann an 1979, *The Highland Connection*. Bha an cluicheadair ùr air a' ghotàr, Sgitheanach òg, ceòlmhor, Malcolm Jones, na chuideachadh mòr a' toirt a' chlàir seo gu bith.

Ged a bha Calum a' sgrìobhadh mòran de na h-òrain, ghabh e ceum air ais o na drumaichean nuair a thàinig Iain Bayne à Fìobha nam measg ann an 1981. Thug seo spionnadh eile do cheòl a' chòmhlain agus 's e an fheadhainn seo a rinn an clàr iongantach, *Recovery*, anns an aon bhliadhna, le Blair Dùbhghlas a' toirt taic air meur-chlàr.

Bha ceòl Runrig a' fàs ann am meud agus ann an doimhneachd agus leis nach robh Blair deònach tighinn air bòrd làn-ùine, thug iad obair do chluicheadairean meur-chlàr eile. An toiseach Ridseard Cherns, fear Sasannach air *Heartland* agus an uair sin, Pete Wishart, fear eile à Fìobha. Bha sianar anns a' chòmhlán airson a' chiad uair.

'S iad seo an 'sgioba' a bheireadh Runrig gu bàrr an cliù fad deich bliadhna às dèidh 1987. Chuir iad an ainmean ri cùmhnant mòr còmhla ris a' chompanaidh eadar-nàiseanta Chrysalis. Às dèidh dhaibh an sàr-chlàr *The Cutter and The Clan* fhoillseachadh, chluich iad ann an Canada, thug iad taic don chòmhlán ainmeil Èireannach U2, agus b' iad fear de na còmhlain a chluich ann an Ceann an Ear na Gearmailt mus tàinig Balla Bherlin a-nuas. An-diugh fhèin, tha na Gearmailtich fhathast glè mheasail air ceòl Runrig.



Eachdraidh Runrig



1. Cò bha anns 'a' chiad' chòmhlán Runrig?
2. Dè thachair do Raibeart Dòmhnallach?
3. Carson a thòisich Runrig *Ridge Records*?
4. Dè tha e a' ciallachadh nuair a chanas an earrann gu bheil Malcolm Jones "ceòlmhor"?
5. Dè a' bhuaidh a bh' aig Iain Bayne nuair a thòisich e sa chòmhlán?
6. Às dèidh do Pete Wishart tighinn a-steach aig a' mheur-chlàr, bha mòran soirbheachais aig Runrig.

Ainmich dà thachartas a tha a' sealltainn seo.

7. Chluich Runrig sa Ghearmailt an Ear.

Dè a' bhuaidh a bha aig an seo?

8. Càit an do chluich Runrig an consairt bu mhotha aca?
9. Ainmich dà rud sònraichte a rinn Runrig leis a' chlàr *Amazing Things*.



Eachdraidh Runrig



Earrann B

Chluich Runrig iomadh consairt mòr tràth sna naochadan, gu h-àraidh consairt mòr aig Loch Laomainn. Ràinig *The Big Wheel* àireamh a ceithir anns na Clàran Nàiseanta, ach rinn *Amazing Things* na b' fheàrr buileach, a' ruighinn àireamh a dhà. Choisinn an clàr sin duais mar Chlàr na Bliadhna cuideachd. Chaidh an t-òran *An Ubhal As Àirde* a chleachdadh airson sanas-reic Tbh agus thug seo an cothrom dhaibh nochdadh air an t-seann phrògram ciùil a bh' aig a' BhBC, *Top of the Pops*.

Bha iomagain air luchd-leantainn a' chòmhlain nuair a dh'fhàg Donaidh Rothach airson obair ann am poilitigs ann an 1997, ach gu fortanach às dèidh obair mhòr a' sireadh an duine cheart, ghabh fear à Canada, Brus Guthro, àite. Rinn iad dà chlàr a sheall nach robh ionndrainn air Donaidh, *In Search of Angels* agus *The Stamping Ground*. Ged nach robh Gàidhlig aig Brus, thug e spionnadh do dh'fhuaim Runrig, crathadh a bhiodh a' leantainn às dèidh do Pheadar Wishart fàgail airson dreuchd ann am poilitigs cuideachd. Ghabh Brian Hurren à Peairt os làimh gnothaichean air a' mheur-chlàr airson Proterra agus 's ann mar sin a tha an còmhlan air fuireach.

Tha Runrig air cumail orra a' dèanamh chuairotean, a' cluich air feadh na Roinn Eòrpa. Bhiodh e reusanta a ràdh gu bheil Runrig nas motha thall thairis na tha iad ann an Alba a-nis. Ràinig iad Àireamh a h-Aon anns an Danmhairg le *Everything You See* ann an 2007. Ach cha do dhìochuimhnich iad Alba agus chluich iad consairt ri taobh loch ainmeil eile anns an aon bhliadhna - ri taobh Loch Nis ann an Druim na Drochaid. 'S e an latha bu fhliche ann an eachdraidh na Gàidhealtachd a bh' ann agus chaidh an luchd-èisteachd dhachaigh salach agus bog fliuch ach uabhasach sona.

Is gann gu bheil bliadhna ann nach do chluich Runrig on a thòisich iad, ach bha amannan doirbh eile aig a' chòmhlan nuair a b' fheudar dhaibh turas mòr dhan Ghearmailt a chur dheth air sgàth trioblaidean cridhe a bh' aig Malcolm Jones. Tha a' chluiche aigesan cho cudromach do dh'fhuaim Runrig san fharsaingeachd. Gu fortanach, thàinig piseach air Malcolm agus thill e dhan chòmhlan agus rinn iad mòran chonsairtean eile cho luath 's a bha e na b' fheàrr.

Chomharraich Runrig ceathrad bliadhna mar chòmhlan ann an 2013 le consairt mòr sa Bhlàr Dhubh faisg air Inbhir Nis. Abair gun robh an t-side na bu chàileire na bha e aig consairt Loch Nis agus thàinig mòran luchd-leantainn bho air feadh an t-saoghail airson eachdraidh a' chòmhlain chudromaich seo aithneachadh. Air oidhche chudromach, air an do thill Donaidh Rothach airson trì òrain a sheinn còmhla riutha, thug Brus gealladh nach e deireadh na sgeòil a bha seo agus gun cumadh Runrig a' dol fad iomadh bliadhna fhathast. Deagh naidheachd!



Eachdraidh Runrig



10. Dè chuir uallach air luchd-èisteachd Runrig ann an 1997?
11. Nuair a tha an earrann ag ràdh gun tug Brus Guthro “crathadh” air fuaim Runrig, dè tha sin a’ ciallachadh?
12. Càit a bheil Runrig a’ dèanamh mòran obair sna làithean sa? Carson?
13. Ma bha thu aig consairt Runrig ri taobh Loch Nis ann an 2007, cò ris a bhiodh tu coltach aig deireadh na h-oidhche a rèir na h-earrainn?
14. Dè an dùbhlán mòr a bha air beulaibh Runrig a chur stad orra airson greis?
15. Dè an deagh naidheachd a thug Brus dhan luchd-èisteachd nuair a chomharraich Runrig ceathrad bliadhna còmhla ann an 2013?
16. Dè am prìomh amas a th’ aig a’ phìos seo? Thoir adhbhar airson do bheachd.

Cruthachadh agus Dèanamh

17. Dèan agallamh còmhla ri cuideigin as aithne dhut a chaidh gu consairt Runrig.
 - Carson a chòrd/nach do chòrd e riutha?
 - Dè a’ chuimhne as fheàrr a th’ aca air?
 - An tug Runrig buaidh air am beatha?
 - Dè na h-òrain as fheàrr leotha agus carson?



Raibeart Dòmhnallach



Earrann A

Ma tha an còmhlan-ciùil Ceilteach Runrig air atharrachadh thar nam bliadhnaichean idir, tha na caochlaidhean as motha air tighinn air an fhear a bhios a' suidhe aig a' mheur-chlàr.

Is e am fear mu dheireadh a ghabh an dreuchd, Brian Hurren à Peairt, a thàinig a-steach dhan chòmhlan ann an Dà Mhìle 's a Dhà. Thug Brian buaidh mhòr air a' chòmhlan, a' gabhail os làimh an dleistanais airson na clàran a chlàradh agus an ceòl a riochdachadh. Bhiodh e cuideachd a' seinn mar phrìomh sheinneadair air òran no dhà. Tha e air an clàr aige fhèin fhoillseachadh agus bha sin uabhasach soirbheachail anns a' Ghearmailt agus a' togail air a' chliù a bha aige mar bhall de Runrig. Bha Brian a' leantainn ann an ceumannan Pheadair Wishart. Anns na h-ochdadan, bha Pete an sàs ann an còmhlan-ciùil Albannach eile, Big Country, a bhiodh a' cleachdadh fhuaimnean agus ìomhaighean tràidiseanta an lùib a' chiùil aca.

An dèidh do Richard Cherns an còmhlan fhàgail, bha Pete anns a' chòmhlan airson ùine mhòr bho *The Cutter and the Clan* gu *The Stamping Ground*, agus tha a' chluiche thiamhaidh ri chluinntinn air feadh nan clàran sin, gu h-araidh air an òran àlainn *I'll Keep Coming Home* air *The Big Wheel*, far an robh e fhèin agus Donaidh Rothach a' tighinn còmhla gu h-èifeachdach. Is mòr an t-ioranas am beachd iomadh neach gur e Pete a shoirbhich ann a bhith ga thaghadh mar bhall pàrlamaid nuair a dh'fhàg e an còmhlan agus nach deach le Donaidh anns an aon seòrsa iomairt.

Nuair a thòisich an Còmhlan Cèilidh Runrig ann an naoi ceud deug seachdad 's a trì, 's e Blair Dùbhghlas a bha air a' bhogsa-ciùil. Dh'fhàg Blair rè ùine, ach thill e airson am meur-chlàr a chluich air *Recovery*. Tha a' chuairt-obrach aige fhèin air bhith gu math inntinneach agus bidh daoine a' dèanamh fiughair ris na clàran a bhios e a' riochdachadh. Ach 's e am fear a thàinig às dèidh Bhlair anns na seachdadan a tha fhathast ga chuimhneachadh mar fhear a chuir gu mòr ri spiorad a' chòmhlain – Raibeart Dòmhnallach, nach maireann, à Bhaltois anns an Eilean Sgitheanach. Ged nach robh e ann ro fhada, ann an dòigh, tha Raibeart fhathast gu mòr aig cridhe a' chòmhlain.





Raibeart Dòmhnallach



1. Càit a bheil na h-atharraichean as motha air tighinn ann am ballrachd Runrig?
2. Dè na rudan a rinn Brian Hurren a tha a' sealltainn gun tug e buaidh mhòr air Runrig?
3. Dè an soirbheachadh a bha aig Brian taobh a-muigh Runrig?
4. Ciamar a bha ceòl *Big Country* coltach ri ceòl Runrig?
5. Dè rinn Pete Wishart nach do rinn Donaidh Rothach?
6. Dè tha air innse dhuinn mu chuairt-obrach Bhlair Dhùbhghlais?
7. Lorg abairt a bhios ag innse dhuinn gun robh Raibeart Dòmhnallach cudromach dhan chòmhlann?

Earrann B

'S ann à Bhaltois ann an Stafainn san Eilean Sgitheanach a bha Raibeart Dòmhnallach. Bha e san sgoil còmhla ri gillean Runrig agus bha e a' cluich a' bhogsa-ciùil. Nuair a dh'fhàg Blair Dùbhghlas an còmhlann, chluich Raibeart còmhla ri Runrig airson a' chiad uair aig àm na Nollaig 1974.

Chluich Raibeart air a' chiad chlàr eachdraidheil aca, *Play Gaelic*. Thug e buaidh nach bu bheag air feallsanachd agus sealladh a' chòmhlain. 'S e duine comasach, tàlantach a bh' ann an Raibeart, ach mar iomadh Gàidheal, bha e gu math iriosal agus cha robh e a' creidsinn ann fhèin gu math tric. Mar eisimpleir, nuair a bhiodh na balaich a' cluich beò air an telebhisean no a' clàradh san stiùidio, bhiodh e a' fàs glè nearbasach. Ach b' e Gàidhlig a' chiad chànan a bha aig Raibeart agus 's esan a chuir Gàidhlig aig cridhe a' chòmhlain.

Ged a bha Gàidhlig aig Donaidh, Calum agus Ruairidh, cha robh iad idir misneachail ann a bhith ga bruidhinn air an rèidio agus telebhisean. Bha Raibeart gu làidir den bheachd gum bu chòir dhaibh a bhith a' bruidhinn a-mach gu poblach anns a' chànan agus bhiodh e gam brosnachadh sin a dhèanamh a h-uile cothrom a gheibheadh e. Chuidich seo an còmhlann gu mòr ann a bhith a' toirt ìomhaigh ùr, làidir air a' Ghàidhlig dhan ghinealach òg.

Tha cuimhne aig Donaidh air Raibeart mar fhear "a bha ann an gaol le ceòl ach nach robh a' gabhail ris mar rud mòr; bha e dìreach a' còrdadh ris." Mar sin, às dèidh *Play Gaelic*, nuair a bha an triùir eile airson a dhol làn-ùine ann an gnìomhachas a' chiùil, bha Raibeart toilichte gu leòr an còmhlann fhàgail agus thill e gu teagasg le deagh dhùrachd o na gillean. Gu mì-fhortanach, thàinig briseadh eile anns a' chòmhlann anns na bliadhnaichean a bha ri teachd.





Raibeart Dòmhnallach



8. Ciamar a chuir Raibeart eòlas air balaich Runrig an toiseach?
9. Dè an seòrsa duine a bh' ann an Raibeart?
10. Dè a' bhuidhe a bh' aig seo air?
11. Dè am beachd a bha aig Raibeart mu dheidhinn na Gàidhlig?
12. Carson nach do chùm Raibeart a' dol le Runrig?

Earrann C

Bha Runrig a' dèanamh deiseil airson trì consairtean mòra ann an Lunnainn nuair a thàinig an naidheachd anns a' Ghiblean 1986 gun robh Raibeart air bàsachadh ann am Port Rìgh às dèidh aillse a bhith air. Cha robh e ach trithead 's a dhà. Às dèidh dha Runrig fhàgail, chaidh e air adhart na dhreuchd agus bha e na cheannard air roinn na h-Eachdraidh ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh.

Thug call Raibeart buaidh air leth air Calum, Ruairidh agus Donaidh gu h-àraidh. Eadhon ged a bha a h-uile tiogaid air a reic, theab iad na trì consairtean a bha air toiseach orra a chur dheth. Ged a bha an càirdeas eadar na balaich cho làidir agus iad a' faireachdainn cho troimh-a-chèile, bhiodh iad air an t-uabhas airgid a chall. Dh'fheumadh na consairtean a dhol air adhart.

Às dèidh a' chiad chonsairt, chaidh iad suas tron oidhche a Dhùn Èideann ann an càr, agus fhuair iad càr eile dhan Eilean Sgitheanach. Chaidh iad chun an tiodhlacaidh anns an Eilean mus do thill iad chun an raon-adhair ann am Breacais ann an ceann a deas an Eilein, far an d' fhuair iad itealan priobhaideach a Dhùn Èideann, agus an uair sin plèana eile a Lunnainn.

Bha iad uair gu leth anmoch airson an dàrna consairt ach fhuair iad spionnadh agus làn-taic bhon luchd-èisteachd. Cha bhiodh fios aig an luchd-èisteachd mura robh fios aca roimhe gun robh na balaich air call mòr fhulang, ach tha fhios gun robh e gu math doirbh agus neònach a bhith san t-suidheachadh ud.

Chluich Runrig consairt cuimhneachaidh do Raibeart a' bhliadhna an dèidh sin ann an Talla Cruinneachaidh an Eilein ann am Port Rìgh agus a bharrachd air sin, tha cruinneachadh sònraichte de leabhraichean Gàidhlig, Albannach is Eachdraidh mar chuimhne air Raibeart ri fhaotainn ann an Leabharlann Phort Rìgh gus an latha an-diugh. Cuimhneachan math air sàr Ghàidheal a chluich pàirt chudromach ann an sgeulachd Runrig agus na chànan fhèin.





Raibeart Dòmhnallach



13. Ciamar a fhuair Raibeart Dòmhnallach bàs?
14. a. Dè a' chiad rud a dh'fheuch Runrig ri dhèanamh nuair a chuala iad mu bhàs Raibeirt?
 - b. Carson nach b' urrainn dhaibh sin a dhèanamh?
15. Thoir iomradh air an turas a bha aig Runrig air sgàth tiodhlacadh Raibeirt.
16. Saoil ciamar a bha iad a' faireachdainn is iad a' cluich an oidhche às dèidh naidheachd-bàis Raibeirt a chluinntinn?
17. Ainmich dà dhòigh san deach beatha Raibeirt a chomharrachadh.
18. Smaoinich air a' phìos gu lèir.

A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil e èifeachdach ann a bhith ag innse dhut mu bhuaidh Raibeirt air a' chòmhlán?

[Tionndaidh gu duilleag 85 airson **Obair 19: Cruthachadh agus Dèanamh**]



Raibeart Dòmhnallach



Pete Wishart



Iain MacIlleBhàin/Bayne



Malcolm Jones

Cruthachadh agus Dèanamh



Richard Cherns

19. Rannsaich beatha ball-no seann bhall - de Runrig. Cleachd an t-eadar-lion agus na goireasan san aonad seo.

- Cò tha thu a' rannsachadh?
- Cò às a tha iad bho thùs?
- Cuin a thòisich iad sa chòmhlán an toiseach?
- Dè bhios/bha iad a' dèanamh anns a' chòmhlán?
- Dè na h-òrain a bheir dhuinn deagh eisimpleir air an obair aca?
- A bheil teaghlach aca? Càit a bheil iad a' fuireach a-nis?
- Dè bhios iad a' dèanamh le ceòl taobh a-muigh Runrig?
- Beachd sam bith eile a tha thu a' smaoinichadh a tha iomchaidh.



Donaidh Rothach



Ruairidh Dòmhnallach



Blair Dùbhghlas



Brus Guthro



Calum Dòmhnallach



Raibeart Dòmhnallach



Loch Lomond



Ged a tha an sgrìobhadh aig Calum agus Ruairidh Dòmhnallach air a bhith aig cridhe ceòl Runrig, tha iad air grunn math òrain dhaoine eile a chleachdadh cuideachd.

Chlàr iad mòran òrain à dualchas na Gàidhlig leithid *Griogal Cridhe*, *'Ic Iain 'Ic Sheumais* agus *An Ataireachd Àrd* – a' cur am blas fhèin air na seann fhuinn sin – agus rinn iad òrain le Bob Dylan agus Rod Stewart cuideachd. Ach 's cinnteach gur e am prìomh òran a thig gu aire dhaoine air an t-sràid nuair a chanas tu Runrig riutha, an seann òran traidiseanta, *Loch Lomond*.

Chan eil fhios aig duine cò rinn an t-òran *The Bonny Bonny Banks of Loch Lomond* an toiseach no dè dìreach a tha e a' ciallachadh bho thùs, ged tha a' mhòr-chuid de na beachdan co-cheangailte ri Ar-a-mach nan Seumasach ann am Bliadhna Theàrlaich. Tha e mu dheidhinn dà charaid no dà leannan a tha gan sgaradh agus iad a' caoidh nach coinnich iad a-rithist ri taobh na locha as motha ann an Alba. Tha na rathaidean a tha gan ainmeachadh san òran, àrd agus ìosal, co-cheangailte ri ìomhaigheachd bàis às dèidh dha na Seumasaich a bhith air am marbhadh le riaghaltas Bhreatainn. Chan eil cinnt an e an rathad ìosal no an rathad àrd a th' anns a' bhàs, ach tha e a' ciallachadh nach bi an dà charaid seo a' coinneachadh a-rithist san t-saoghal seo oir tha aon dhiubh a' tilleadh marbh. 'S e òran tiamhaidh a th' ann agus chaidh a chlàradh le iomadh neach thar nan linntean.

Chualas *Loch Lomond* le Runrig an toiseach air *The Highland Connection* ann an 1979 ach tha e doirbh a chreidsinn gur e an aon òran a tha cho cumhachdach air a' chlàr bheò *Once In A Lifetime* (1987). Thar nam bliadhnaichean sin, dh'atharraich cruth an òrain o rud co-cheangailte ris an òran thraidiseanta gu rudeigin a tha cho co-cheangailte ri Runrig, le giotàran dealain agus meur-chlàran didseatach a' measgachadh còmhla ris an t-sèist Ghàidhlig a chruthaich an còmhlan dha. Is gann gu bheil banais ann an Alba nach eil a' tighinn gu crìch le dreach Runrig de *Loch Lomond* air a chluich.





Loch Lomond



Thathar a' smaoinichadh gur ann tràth anns na naochadan a ràinig an còmhlan an ire bu chliùitiche aca, gu coimearsealta co-dhiù. Chaidh an clàr, *An Cuibhle Mòr*, a-steach dhan Chlàr Nàiseanta aig àireamh a ceithir agus mar thòradh air seo, shaoil an còmhlan gum biodh e freagarrach dà chonsairt mhòr a chumail – fear aig Caisteal Dhùn Èideann agus fear eile aig àite a bha faisg air cridhe a' chòmhlain – Loch Laomainn.

Chruinnich còrr is caogad mìle neach air na bruthaichean bòidheach fhèin aig Pàirc Dhùthchail a' Bhealaich air latha far an robh a' ghrian a' sgoltadh nan creag. Tron latha, chluich grunn chòmhlain Ceilteach, mar *Capercaillie*, *The Big Dish* agus na *Hothouse Flowers*. Bha seo a' sealltainn mar a bha cliù ceòl a bha stèidhichte air cultar dùthchasach na h-Alba agus na h-Èireann air fàs anns na bliadhnaichean roimhe sin.

Ach bha a h-uile duine an siud airson aon chòmhlan sònraichte a chluinntinn. Shìn am feasgar gu oidhche agus nuair a nochd Runrig air an ùrlar, bha fuaim iongantach ann. Is urrainn dhut coimhead air na dealbhan on latha sin air-loidhne fhathast agus tha e iongantach a bhith a' smaoinichadh gun robh aon às gach ceud duine ann an Alba an làthair aig a' chùirm. Aig deireadh na h-oidhche, bhruidhinn Donaidh Rothach ris an luchd-èisteachd. "Tha mòran dhaoine air a bhith a' bruidhinn mun àite seo, mun sgìre mhòir de dh'uisge air cùl an àrd-ùrlair. Is e seo òran a tha sinn air a thoirt dhuibh o chionn fhada ach tha meas againn air an òran air sgàth 's gum bi sibh ga sheinn còmhla rinn. Seo *Loch Lomond*." Agus mar a thuirt Donaidh, gu dearbh sheinn iad còmhla gu h-aon ghuthach san dealachadh.

Ged is e àite air leth a th' anns a' Bhealach airson cuirmean mòra leis na còmhlain a' cluich air àrd-ùrlar a tha a' seòladh air an loch fhèin, cha do chluich ach *Oasis* agus *REM* ann on uair sin. Tha an làrach a-nis taobh a-staigh crìochan Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn agus nan Troisichean agus tha seo ag adhbhrachadh gu bheil mòran riaghailtean agus cosgaisean a bharrachd an lùib a bhith a' cur a leithid seo air dòigh. Tha mòran obair ga dhèanamh airson na bruthaichean bòidheach a ghleidheadh mar a tha iad.

Tha *Loch Lomond* air aire a' mhòr-shluaigh a tharraing gu Runrig on uair sin. Is àbhaist dhan *Tartan Army*, luchd-leantainn sgioba ball-coise na h-Alba, a bhith a' dèanamh hò-rò-gheallaidh ris an òran aig leth-ùine sna geamannan eadar-nàiseanta. Chaidh an t-òran ath-chlàradh le Brus Guthro a' seinn, le taic bhon *Tartan Army* ann an 2007 airson airgead a thogail don charthannas *Clann ann an Èis*. Chanadh feadhainn gu bheil cruaidh fheum air a bhith aig luchd-leantainn sgioba na h-Alba air adhbharan airson hò-rò-gheallaidh o chionn fhada!



Loch Lomond



1. Dè rinn Runrig ri cuid de na h-òrain thraidiseanta a chlàr iad?
2. Tha an t-òran *Loch Lomond* co-cheangailte ri àm sònraichte ann an Eachdraidh na h-Alba. Cuin a bha seo?
3. Minich am facal "tiamhaidh" nad fhacail fhèin.
4. Ciamar a chuir Runrig ris an òran a rèir na h-earrainn?
5. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn gun do dh'atharraich Runrig *Loch Lomond* gu mòr eadar an dà chlàradh?

Cleachd fianais on earrainn.

6. Dè tha a' sealltainn gu bheil an t-òran mar a tha e a-nis air leth cliùiteach ann an Alba?
7. Minich an abairt "an ìre bu chliùitiche aca" nad fhacail fhèin.
8. Cò ris a bha an t-side coltach an latha a chluich Runrig aig Loch Laomainn fhèin?
9. Carson a bha an latha seo sònraichte airson ceòl Ceilteach?
10. Carson a bha Donaidh Rothach agus an còmhlan a' meas *Loch Lomond* mar òran a bha a' còrdadh riutha fhèin?
11. Carson nach eil consairtean a' tachairt aig Loch Laomainn an-diugh?
12. Carson a chaidh an t-òran ath-chlàradh ann an 2007.
13. Dè cho èifeachdach 's a tha an earrann seo mar phios sgrìobhaidh?

Minich do bheachd.





Fichead Bliadhna



Ged as e e fhèin agus a bhràthair, Ruairidh, na sgrìobhadairean òrain Gàidhlig as cliùitiche a bh' ann o chionn caogad bliadhna, 's dòcha gun cuire e iongnadh ort a nach do rinn Calum Dòmhnallach on chòmhlanc-
ciùil roc Ceilteach, Runrig, Gàidhlig anns an sgoil idir.

Nuair a bha Calum agus Ruairidh a' fàs suas ann am Port Rìgh anns na seasgadan, bha inbhe na Gàidhlig glè iosal. Ged a bha a' mhòr-chuid dhe na daoine anns an Eilean Sgitheanach a' bruidhinn Gàidhlig aig an àm mar a' chiad chànan, agus ged a bha Gàidheil òga a' tighinn o na h-Eileanan an Iar (na Hearadh, Sgalpaigh agus Uibhist a Tuath) airson a dhol dhan àrd-sgoil agus a' fuireach ann an ostailean fad na bliadhna, cha robh Gàidhlig na cuspair deatamach don h-uile sgoilear.

Cha robh sgeulachd nan Gàidheal ga h-innse na bu mhotha. Bha gu leòr ann mu rìghrean agus mu bhanrìghrean Shasainn agus bàrdachd Bheurla, ach cha robh guth air na Fuadaichean no Tighearnas nan Eilean. Gu h-àbhaisteach, bhiodh Gàidheil le claiginn làn Gàidhlig a' teagasg clann le claiginn làn Gàidhlig tron Bheurla – rud cho gòrach, agus chan eil e na iongnadh nach robh sgoilearan a' faicinn luach anns a' chànan aca fhèin.

Bha seo a' dol leis an ìomhaigh a bha aig cultar na Gàidhlig aig an àm cuideachd. Bha beachd ann gun robh ceòl Gàidhlig seann-fhasanta: bodaich is cailleachan ann am fèilidhean a' seinn aig cèilidhean agus mòdan. Bha ùidh na h-òigridh ann an ceòl roc agus pop, leithid nam Beatles, na Stones agus na Beach Boys. Cha robh an ceòl seo ri chluinntinn anns an sgoil ge-tà – bha na sgoilearan gan oideachadh ann an ceòl clasaigeach agus òrain Gilbert is Sullivan.

Is e an fheallsanachd a bh' ann an uair ud gun robh Gàidhlig a' dol a bhàsachadh agus nach robh feum sam bith ann a bhith ga teagasg ach dhan fheadhainn a bha air am meas gun a bhith buileach comasach. Mar sin, ma bha thu a' dol fhàgail an Eilein airson obair no oilthigh, bhiodh tu na b' fheàrr a bhith a' dèanamh Fraingis, no fiù 's Laideann, (cànan a tha dhà-riribh marbh). Ma bha thu airson faighinn air adhart nad bheatha, dh'fheumadh tu do chùl a chur ri Gàidhlig agus ris an àite dham buineadh tu.





Fichead Bliadhna



Gu fortanach, thàinig dùsgadh cultarach agus poilitigeach air an Eilean Sgitheanach tràth anns na seachdadan. Thòisich Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich a' strì airson còraichean fearainn agus cumhachd dhan Ghàidhealtachd agus bha an dealbh-chluiche, *The Cheviot, The Stag and the Black, Black Oil* ag aithris air eachdraidh dhuilich na Gàidhealtachd airson a' chiad uair. Ach b' ann nuair a chaidh e dhan oilthigh, agus a leugh Calum an leabhar *Mightier Than A Lord*, a bha ag innse mu dheidhinn Fuadach na Gàidheal agus strì nan croitearan, a fhuair e tuigse air a' ghnòthach air fad. Rinn na leugh e cho feargach e 's gun do sgrìobh e an t-òran a bu chudromaiche ann an eachdraidh Runrig – *Fichead Bliadhna*.

Anns an òran, tha e a' gearan mun fhoghlam a fhuair e anns an sgoil – nach do dh'ionnsaich e mu eachdraidh a dhaoine fhèin – agus nach d' fhuair e ach "seòrsa de dh'fhoghlam". Tha e a' caoidh ged a fhuair e lèine agus deise agus àite ann an sùilean dhaoine, "'s fhada bhon mhonadh mi an-dràsta." Tha e a' faireachdainn ciontach a bhith cho fad air falbh on chultar is on àite aige fhèin. Mar a chanas e fhèin, bhe e an urra ris fhèin faighinn a-mach mun eachdraidh. "B' fheudar dhomh feitheamh, b' fheudar dhomh lorg" agus 's e na lorg e a thug crathadh mòr air.

Is e am pàirt as cumhachdaiche den òran nuair a bhios Calum fhèin ag aithris earrann à Carmina Gadelica agus na faclan làidir aig Catriona Nic-a-Phì a' bruidhinn air an "obair olc" a thachair ann an Uibhist a Deas aig àm nam Fuadaichean. Chan urrainn don neach-èisteachd a chluinntinn gun a bhith a' faireachdainn na h-aon fheirg 's a bhrosnaich an t-òran sa chiad dol-a-mach.

Tha *Fichead Bliadhna* gar toirt air slighe chun a' chlàir *Recovery* agus òrain eile mar *Dance Called America*, *Protect and Survive* agus *Alba* a dhèilig ris na fuadaichean agus cor poilitigeach na h-Alba. Tha na h-òrain seo agus an t-ionnsachadh a tha iad air a thoirt do Ghàidheil agus do Ghoill air feadh an t-saoghail mu dhualchas agus mu eachdraidh na Gàidhealtachd a' ciallachadh nach bu chòir duine a bhith aineolach.



ri leantainn



Fichead Bliadhna



1. Dè shaoileas tu a bha neònach mu fhoghlam Chalum agus Ruairidh leis gu bheil clù aca mar sgrìobhadairean Gàidhlig?
2. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn gun robh e neònach nach robh Gàidhlig deatamach mar chuspair san sgoil?
3. Dè a' bhuidhe a bha aig an dòigh-teagaisg tron Bheurla air clann na Gàidhlig?
4. Nad fhacail fhèin, minich an ìomhaigh a bha aig ceòl Gàidhlig aig an àm?
5. Dè tha a' sealltainn nach robh daoine a' faicinn cus cothrom anns a' Ghàidhlig?
6. Dè thachair airson suidheachadh na Gàidhlig atharrachadh?
7. Carson a bha an dealbh-chluich *The Cheviot, The Stag and the Black, Black Oil* cho cudromach?
8. Cò mu dheidhinn a bha an leabhar *Mightier Than A Lord*?
9. Tha Calum a' cur an cèill mar a bha e a' faireachdainn mun fhoghlam a fhuair e.

Dè an seòrsa beachd a tha aige?

10. Dè a' bhuidhe a bhios aig an earrann à Carmina Gadelica air an luchd-èisteachd?
11. Tha mòran dhaoine air ionnsachadh mu eachdraidh na Gàidhealtachd tro òrain Runrig.

Dè tha seo a' ciallachadh am beachd an sgrìobhadair?

12. A rèir na h-earrainn, dè cho cudromach 's a tha *Fichead Bliadhna* mar òran?

Minich do bheachd le fianais bhon earrann.





Fichead Bliadhna



Cruthachadh agus Dèanamh

13. Sgrìobhadh Cruthachail

- a. Leugh an earrann à Carmina Gadelica a tha a' nochdadh anns an òran.

Tha thusa agus do theaghlach gur fuadach à Uibhist a Deas. Ciamar a tha thu a' faireachdainn?

Feuch gun cuir thu na faireachdainnean sin ann an teacs!



"S iomadh rud a chunnaic mi ri mo latha agus ri mo linn. Chunna mi na mnathan a' cur na cloinne anns na cairtean a bha gan cur on Ìochdar agus o Bheinn a' Bhadhla, na fir-phòsta ceangailte rin taobh gun chomas làmh cuideachaidh a thoirt dhaibh. Chunna mi na fir mhòra làidir, ceatharnaich an t-saoghail, gan ceangal air cidhe Loch Baghasdail agus gan tilgeil ann an luing mar an crodh.

Dh'fhalbh iad uile gu sràidean Ghlaschu agus gu fàsaichean Chanada, a' chuid dhiubh nach do bhàsaich le acras agus le plàigh a' dol a-null air a' chuan. Aig Dia nan Dùl agus aige-san a-mhàin tha fios air obair ghràineil dhaoine an latha ud.



No

- b. Tha thu a' dol dhan sgoil air a' chiad latha agus chan eil Beurla agad – ciamar a tha e a' faireachdainn a' dol dhan sgoil?

Obair Rannsachaidh

"Is treasa Tuath na Tighearna".

- c. Rannsaich stri nan croitearan air-loidhne.
d. Dè do bheachd air na rinn na daoine airson na còraichean aca a sheasamh?



Rudan Mìorbhaileach



'S e dùbhlán mòr a th' ann a bhith a' leantainn soirbheachadh sam bith, agus is e sin an dearbh rud a bha mu choinneamh a' chòmhlain-ciùil Ghàidhealaich, Runrig, tràth anns na naochadan. Bha an clàr a bu mhotha a bh' aca riamh, *The Big Wheel*, air nochdadh agus bha iad air cluich air beulaibh mìltean de shluagh na Roinn Eòrpa a bharrachd air a' chuid aig an taigh ann an Alba.

Nuair a bhios còmhlan-ciùil no luchd-ealain sam bith soirbheachail, bidh an luchd-leantainn aca iomagaineach mu dheidhinn cò ris a bhios an ath rud a chruthaicheas iad coltach. Chan ionann sin agus an dragh a bhios air a' chòmhlán fhèin. An cùm iad ris an aon stoidhle a chòrdas ris an luchd-èisteachd aca? Am feuch iad ri daoine às ùr a thàladh le fuaim no stoidhle ùr? An dèan iad dragh dhan fheadhainn a bha gan leantainn gu dìleas?

'S e *Amazing Things* an tiotal a thug Runrig air an ath chlàr aca. Feumaidh gun tug an cuideam buaidh orra dha-rìribh air sgàth 's nach eil *Amazing Things* ag obrachadh buileach mar chlàr slàn air fad mar a tha *The Big Wheel*, *The Cutter and the Clan* no *Recovery*. Ged a tha òrain leithid *Canada*, *Song of the Earth* agus *Pòg Aon Oidhche Earraich* cho math ri dad a sgrìobh iad riamh, chan eil an clàr cho siùbhlach no cho teann 's a tha na clàran as fheàrr aca. A dh'aindeoin sin, tha iomadh òran misneachail agus sgeulachd inntinneach co-cheangailte ris a' chlàr.

Bha an t-òran *Amazing Things* fhèin gu math doirbh a chlàradh agus thug an còmhlan deagh ghreis a' feuchainn ri thoirt gu buil. Bha iad a' cur a h-uile ionnsramaid fon ghrèin air a' chlàr agus cha robh dad sam bith ag obrachadh mar bu chòir. Mu dheireadh thall, b' fheudar dhaibh an t-òran fhàgail agus tilleadh thuige agus èisteachd ris às ùr mìosan às dèidh làimh. Tha Ruairidh Dòmhnallach fhèin ag aideachadh gun robh seo na eisimpleir air mar a thug *The Big Wheel* buaidh orra. Bha iad a' faireachdainn gun robh cuideam mòr orra cumail suas ris.

Leis gun robh Runrig a-nis cho fìor ainmeil, bha an t-uabhas airgid aca airson sanasachd agus margaidheachd. Mar sin, chaidh bhidio a dhèanamh airson a' chlàir. Air còmhach a' chlàir, chithear iomhaigh den mhonadh anns na Crìochan. Tha an iomhaigh seo na chuimhneachan air a' bhàrd Albannach, Ùisdean MacDiarmaid, ach chaidh a thogail pìos a-mach air an dùthaich. Bha an iomhaigh cho cudromach dhan bhidio 's gun do chleachd iad heileacoptair airson seo fhilmadh ach 's e latha reòite fuar a bh' ann le sneachd air an talamh.





Rudan Mìorbhaileach



Bha botal uisge-bheatha aig Calum Dòmhnallach airson na balaich a chumail blàth. 'S e uisge-bheatha gu math prìseil a bh' ann agus bha e na bu làidire na an àbhaist cuideachd. Bha fear ann bhon a' chompanaidh-ciùil à Lunnainn a' cumail sùil air gnothaichean agus cha robh e idir cleachdte ris an t-side ann an Alba. Rinn e gearan mun fhuachd agus dh'iarr e balgam uisge-bheatha. Chuir iad a-null am botal thuige. A rèir coltais, cha tug e for cho làidir 's a bha e, shluig e an t-uabhas ro luath agus chaidh e na laigse sa bhad, a' tuiteam dhan t-sneachd! Shaoil Calum gun robh seo cho èibhinn 's gun do chuir e an sgeulachd ann an clò nuair a rinn e cruinneachadh de òrain Runrig anns a' bhliadhna dà mhìle. A dh'aindeoin an airgid a chaidh a chosg air a' bhidio seo, cha do nochd *Amazing Things* ach air an dàrna taobh de chlàr singilte *Things That Are* air an ath chlàr *Mara* ann an naoi ceud deug naochad 's a sia. Reiceadh gu leòr den chlàr fhèin ge-tà, agus nochd Runrig air BBC *Top of the Pops* a' seinn *The Greatest Flame*.

Tha sgeulachd èibhinn eile aig Calum Dòmhnallach mu Mharlene Ros, nach maireann, a bha na manaidsear air a' chòmhlán fad bhliadhnaichean mus d' fhuair i bàs le aillse ann an dà mhìle 's a sia. Is e boireannach mòr, tapaidh a bh' innte agus bha seo na chuideachadh dhi nuair a bha i a' sabaid às leth Runrig ann an gnìomhachas a' chiùil.

Bha *Top of the Pops* ga chlàradh ann am meadhan baile Lunnainn agus cha robh Marlene cho dèidheil air a' bhaile mhòr leis cho trang 's cho gnothachail 's a bha e an taca ris an dachaigh aice ann an Obar Dheathain. Is e urram mòr a bha ann do chòmhlán an cothrom sa fhaighinn anns na seann làithean ge-tà, agus mar sin chuir i roimhe a dhol ann a choinneachadh ris na rionnagan mòra a bha a' cluich air an aon phrògram ri Runrig.

A rèir seanchais, bha an teas san stiùidio fada cus do Mharlene agus, air a socair, thòisich i a' cuairteachadh an togalaich a' cur dheth a h-uile rèididheatar san àite. Uair no dhà às dèidh sin, thòisich na seinneadairean ainmeil, leithid Luther Vandross agus Blur a' gearan an fhuachd. Nuair a fhuair an stiùiriche a-mach gur e Marlene a bu choireach, chaidh e far an robh i airson innse dhi eadar an dà shùil nach robh e toilichte. Thug e aon shùil air Marlene agus shaoil e nach b' fhiach dha!

Is dòcha nach e an clàr as mìorbhaileach aca a th' ann an *Amazing Things* ach 's fhiach èisteachd ris agus gu leòr sgeulachdan na lùib!





Rudan Mìorbhaileach



1. Dè tha a' sealltainn gun robh Runrig air a bhith soirbheachail?
2. A rèir an sgrìobhadair, carson nach eil *Amazing Things* cho math ris na clàran eile aig Runrig?
3. Dè nochd air còmhdach *Amazing Things*?
4. Dè an rud gòrach a rinn am fear on chompanaidh-ciùil?
5. Ciamar a fhuair Marlene Ros bàs?
6. Dè an seòrsa boireannaich a bh' innte a rèir an sgrìobhadair?
7. Carson a bha e neònach gun deach Marlene a Lunnainn?
8. Dè rinn Marlene san stiùidio a chuir dragh air stiùiriche *Top of the Pops*?
9. Carson nach do throid an stiùiriche ri Marlene?



Sìol Ghoraidh



Tha daoine air a bhith a' tuineachadh anns an Ùdal ann a Uibhist a Tuath o Linn na Cloiche. 'S e fearann torrach, àlainn a th' ann le machaire agus tha e glè fhreagarrach airson àiteachas agus fuireach ann. Thar nan linntean, bha diofar bhuidhnean ga mheas mar àite anns an robh luach agus bhiodh strì agus sabaid ann airson smachd fhaighinn air a' chuid seo de dh'Uibhist. Chan eil daoine a' fuireach ann a-nis, ach tha obair arc-eòlais air a bhith a' dol air adhart ann o chionn caogad bliadhna, a' toirt dhuinn mòran fiosrachaidh mu eachdraidh nan Eilean Siar.

Fad bhliadhnaichean mòra, bha Uibhist fo smachd Chlann Dòmhnail, cinneadh mòr air an tug iad Tighearnas nan Eilean anns na seann làithean. Bha an Tighearnas a bha seo, a bha na rìoghachd anns a h-uile seagh seach ainm, a' sìneadh o Ìle agus Cinn Tìre ann an Ceann a Deas na h-Alba gu Rubha Robhanais ann an Leòdhas, cha mhòr neo-eisimeileach o Rìoghachd na h-Alba. Bha e stèidhichte ann an cultar làidir Gàidhealach le freumhan Lochlannach, a thàinig a-nuas o Shomerled, no Somhairle agus a mhac Ragnall, agus ogha, Dòmhnall, a thug ainm dhan teaghlach a bhiodh a' riaghladh a' mhòr-chuid de Thaobh Siar na h-Alba fad ceithir cheud bliadhna.

Dh'fhàs Clann Dòmhnail ro mhòr ge-tà, agus a bharrachd air a bhith a' sabaid an aghaidh chinnidhean eile, bha mòran comhstri eadar na diofar shliochdan de Chlann Dòmhnail airson làmh-an-uachdair fhaighinn. Thàinig am buaireadh seo gu ceann ann an Uibhist aon latha nuair a thàinig buidheann de Dhòmhnallaich à Sleite san Eilean Sgitheanach agus a mharbh iad ochd-deug duine on chinneadh aca fhèin a bha a-muigh a' treabhadh anns an Ùdal. Gheibhear diofar bheachdan air dè thachair ann an diofar stòran—chan eil e cinnteach an do mhurt Sìol Ghoraidh na daoine aca fhèin no sliochd eile, Sìol Mhurchaidh, ach tha gach sgeul ag innse nach robh iad riarichte le bhith a' marbhadh nan daoine air a' mhachaire a-mhàin. Chaidh Sìol Ghoraidh gu loch anns an sgìre tron oidhche agus dh'atharraich iad an cùrsa aig abhainn gus an do lìon e an dùn, Dùn Hòmhsta, far an robh Sìol Mhurchaidh a' cadal agus chaidh gach duine a bha a-staigh a bhàthadh.

Cha bhiodh an sgeulachd fhuilteach seo cho ainmeil an-diugh mura robh an còmhlan-ciùil, Runrig, air òran stèidhichte air a' bhlàr a dhèanamh ann an naoi ceud deug ochdad 's a naoi. Rinn iad òran Sìol Ghoraidh a nochd air a' chlàr *Searchlight* aca. 'S ann à Uibhist a Tuath a bha Calum agus Ruairidh Dòmhnallach bho thùs agus bha ceanglaichean làidir aca ris an sgìre san robh am murt.

Is e òran Gàidhlig gu math làidir, làn cumhachd a th' ann an Sìol Ghoraidh. Nuair a bhios e air a chluich air an àrd-ùrlar, bidh Runrig a' cur suas bhrataichean dearga a' samhlachadh na fala a chaidh a dhòrtadh sa bhlàr.



Sìol Ghoraidh



Tha ceangal làidir aig an òran ri sloinneadh cuideachd. Thuirt Calum Dòmhnallach, “Thàinig am brosnachadh an toiseach o shloinneadh: siostam far nach bi duine air aithneachadh a-mhàin leis an ainm aige fhèin, ach cuideachd a rèir cò bha na athair is na sheanair is na shinnseanair. Tha rudeigin tarraingeach agus urramach mu dheidhinn sin.” Thuirt a bhràthair, Ruairidh, “Bha sinn a’ feuchainn anns an òran sealltainn gu bheil sinn mothachail air na daoine a thàinig romhainn agus na ginealaich a choisich air an talamh seo sna linntean a dh’fhalbh, agus eadhon an-diugh gu bheil faireachdainn làidir ann gu bheil cuid de na daoine seo annainn fhathast agus gu bheil sinn uile nar pàirt de loidhne a tha a’ dol fada air ais.”

Anns an òran, a bharrachd air sgeulachd a’ bhlàir innse, tha Calum ag aithris liosta mhòr de dh’ainmean dhaoine. ‘S e seo an sloinneadh aige fhèin, a’ dol mar a sheinn an còmhlan o “linn gu linn, ainm gu ainm”. Tha cumhachd anns na h-ainmean seo. Thàinig na h-ainmean seo a-nuas tro gach ginealach agus b’ iasdsan na daoine a thug Calum agus Ruairidh “beò an-dràst” mar a sheinn iad. Tha iad cuideachd a’ seinn air “clann mo theaghlach fhèin”, a’ sealltainn gu bheil tuigse aca nach iad ceann na sreath ach gum bi a’ chlann acasan a’ dol às an dèidh anns an àm ri teachd.

Nuair a chaidh prògram sònraichte mu Runrig, *City of Lights*, a chlàradh ann an naoi ceud deug ‘s a naochad le Telebhisean na h-Alba, chaidh cuireadh a thoirt do gach sgoilear a bha aig aois ann an Uibhist a Tuath agus Uibhist a Deas tighinn còmhla air Tràigh Sholais faisg air an Ùdal. B’ fheudar dhaibh uile coiseachd air ais agus air adhart air a’ ghainmhich fad an latha ri sìde mhì-chàilear le brataichean dearg, agus seinn don chamara. Cha do nochd iad anns an fhilm mu dheireadh ach airson fichead diog no mar sin, ach thug an sealladh a bha seo buaidh mhòr air an luchd-amhairc. B’ e an rud a b’ fheàrr leis na sgoilearan gun d’ fhuair iad latha far na sgoile!

Ged a bha iad fliuch agus fuar, chòrd e ris a h-uile duine a bhith an sàs ann am prògram mòr Tbh. Bhiodh sinnsirean aig cuid mhath den chloinn an sàs ann an leithid Murt an Ùdail agus iomadh tachartas eile. Tha ceanglaichean làidir aig muinntir Uibhist ri eachdraidh agus dualchas an àite. A’ coimhead air ais air an fhilm san latha an-diugh, tha e doirbh a chreidsinn gum bi a’ chlann òg sin uile air fàs suas agus gum bi mòran aca air an teaghlach fhèin a thòiseachadh, a’ cur ris an t-sloinneadh airson ginealach eile, a’ dol o linn gu linn, mar a bha is mar a bhitheas.





Sìol Ghoraidh



1. Ainmich dà rud a sheallas gur e àite math a bh' anns an Ùdal airson daoine a bhith a' fuireach ann.
2. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' toirt dhuinn beachd air dè cho cumhachdach 's a bha Tighearnas nan Eilean.
3. Mìnich nad fhaclan fhèin dè tha "làmh-an-uachdair" a' ciallachadh.
4. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn cho brùideil 's a bha Murt an Ùdail.
5. Carson a bha e freagarrach gun do rinn Runrig òran mun mhurt?
6. Tha Calum a' mìneachadh "sloinneadh".

Seall mar tha e èifeachdach ann a bhith a' dèanamh seo dhan neach-leughaidh.

7. A rèir Ruairidh, dè bha iad airson a shealltainn leis an òran?
8. Ainmich aon rud san òran a bhios an sgrìobhadair ag innse dhuinn a tha a' toirt buaidh air an luchd-èisteachd.
9. **a)** Dè bha aig na sgoilearan ri dhèanamh airson a' phrògram Tbh?
b) A bharrachd air a bhith a' nochdadh air an Tbh, dè a' bhuannachd a fhuair iad?
10. Beachdaich air a' phios air fad agus seall dè cho èifeachdach 's a tha am paragraf mu dheireadh mar chrìoch air an earrann air fad.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air structar, cànan, stoidhle agus taghadh-fhacail, mar eisimpleir.



Eàrr-ràdh 1





Sgrìobh Òran Ùr Gàidhlig! (Pròiseact Clas)



*“Nuair a bha sinn òg is saor
Thòisich sinn a’ seinn sa Ghàidhlig
A’ snìomh ceòl ‘s a’ sgrìobhadh òrain
Is a’ cluich an còmhlán son ar beòshlaint”*

(O Cho Meallt’ – Runrig, Heartland)

Tha iomadh dòigh ann air òran a dhèanamh – mar eisimpleir bidh Calum ag obair air faclan agus an uair sin bidh fonn a’ tighinn thuige aig an aon àm, no bidh Ruairidh a’ smaoineachaidh no a’ sgrìobhadh òran le fonn agus bidh Calum a’ cur ris ann an dòigh air choreigin. Uaireannan, mar a thachair le òran eile a sgrìobh Brus Guthro *One Thing*, chuir esan na faclan ri fonn a bha Malcolm Jones air a dhèanamh.

Cuideachd, leis gum bi Calum is Ruairidh a’ sgrìobhadh anns a’ Ghàidhlig agus anns a’ Bheurla, thig na h-òrain thuca anns an dà chànan (Tha seo ri fhaicinn ann an òrain leithid *Èirinn, The Story, Ònar, Headlights*, far a bheil rannan is sèistean a’ nochdadh anns an dà chànan còmhla.)

Cha do sgrìobh iad ach aon òran (no dà òran ‘s dòcha a rèir a mar a bhios tu a’ coimhead ris), *An t-Iasgair/The Fisherman* far a bheil dà thionndadh fa leth ann.

Seo cuid a bheachdan air mar a nì thu òran thu fhèin. Feuch orra ma thogras tu! Tha e an urra riut fhèin!

- Uaireannan, bidh iad a’ smaoineachadh air sèist an toiseach agus uaireannan air rannan – chan eil aon rathad ann!
- Is e as cudromaiche gum bi an t-òran a’ còrdadh ri daoine agus gum bi na faclan a’ dol leis an fhonn. Tha seo cumanta leis na sailm a thèid a sheinn anns na h-eaglaisean. Bidh na faclan a’ dol le iomadh fonn, agus tha an aon rud fìor mu sheann òrain sa Ghàidhlig.
- Thoir an aire air comharradh – chan fheum seo a bhith “cruaidh” ach feuch ri liosta de dh’fhaclan leis an aon fhuaim a dhèanamh – tha e math airson do bhriathrachas a leudachadh.



Sgrìobh Òran Ùr Gàidhlig!



- Cleachd structaran simplidh – seo cuid de phàtrain chòrdan a bhios feumail dhut 's mathaid.

12 bar blues

A/A/A/A
D/D/A/A
E/D/A/E
G/C/Am/F
D/A/D/A
E/E/A/E
C/G/Am
Am/Em/C/G

- Ann an Gàidhlig, bidh mòran òrain a' cleachdadh ghuthachain (vocables) mar a tha ann am port-a-beul no canntaireachd – cluinnear a leithid sin ann an Cnoc na Fèille, Rùbh' nan Cudaigean, Loch Lomond is eile aig Runrig. Faodaidh tu na guthachain a chleachdadh airson fonn a chruthachadh.
- Na biodh eagal ort a bhith ag atharrais air ceòl is òrain dhaoine eile – 's e sin a rinn na Beatles, agus na Rolling Stones agus Runrig fhèin nuair a thòisich iad. Smaoinich air a' cheòl agus na h-òrain as fheàrr leat.
- Faodaidh tu port traidiseanta a chleachdadh air neo fonn o òran eile as toigh leat. (Dèan cinnteach gun dèan thu sin soilleir.)
- Dèan cinnteach gu bheil an t-sèist a' tighinn a-mach às an rann.
- Smaoinich air cuspair a bhios math airson òran – gaol, cianalas, poiligtis – 's e *O Cho Meallt'* fear dhe na h-òrain Ghàidhlig as fheàrr aig Runrig agus 's ann mu dheidhinn droch chùmhntant a fhuair iad bho chompanaidh ciùil a tha e.
- 'S dòcha gum bi thu airson sgeulachd innse san òra. Smaoinich air *The Cutter*. Feumaidh òran a bhith cho fada 's a dh'fheumas e a bhith – faodaidh e a bhith cho fada ri fichead rann no dà rann – fhad 's a thu toilichte leis!



Sgrìobh Òran Ùr Gàidhlig!



- Chan fheum thu fhèin an t-òran a ghabhail – nach e sin a tha Calum Runrig a’ dèanamh le Brus is Donaidh! Lorg cuideigin san sgoil no sa choimhearsnachd a bhiodh deònach do chuideachadh mura bheil thu fhèin airson a sheinn.
- Obraich còmhla ri cuideigin – gu math tric, bidh daoine (mar Calum is Ruairidh) ag obair air òrain còmhla – tha seo feumail airson iomadh adhbhar. Bidh an cothrom ann a bhith a’ moladh loidhnichean no atharraichean sna briathran no san fhonn is eile.

A-nis, tha an cothrom agad òran Gàidhlig ùr a dhèanamh – ‘s truagh nach eil *Top of the Pops* ann tuilleadh, air neo ‘s mathaid gum biodh tu a’ leantainn ann an ceumannan Chalum is Ruairidh!

Eàrr-ràdh 2





The Cutter

Dh'fhàg Seonaidh Moireasdan Uibhist a Tuath anns na Trì Ficheadan agus rinn e eilthreachd a-null a Chanada. Bhiodh e a' dràibheadh làraidh ann an Uibhist, agus nuair a bha Ruairidh agus Calum òg, bha e na ghaisgeach mòr san sgìre.

Sgrìobh na Dòmhnallaich an t-òran seo do Sheonaidh agus fhuair e an cothrom a chluinntinn beò nuair a chluich Runrig ann an Toronto cuide ri Comann Rannsachadh na h-Alba san Lùnastal Naoi Ceud Deug Naochad 's a Dhà.

<http://www.bbc.co.uk/programmes/b01qmqk4>

Tàr-sgrìobhadh

Catriona Cuin a bha thu an Uibhist mu dheireadh?

Seonaidh Fichead bliadhna.

Seonag Tha an t-àm aige triop a ghabhail a-nis.

Catriona Tha muinntir Uibhist eòlach gu leòr oirbh mar Sheonaidh Beag, ach tha gu leòr eile air feadh an t-saoghail a tha eòlach oirbh cuideachd air adhbhar eile, nach eil? Ma chanas mi *The Cutter*...

[gàireachdainn]

Seonaidh *Cutter*, hmmm. Tha e gu math *popular* an *Cutter*, an t-òran.

Catriona Tha sinn a' bruidhinn air *The Cutter* aig Runrig.

Seonaidh 'S e.

Catriona Minich dhòmhsa an gnothach a tha agaibhse ri sin.

Seonaidh 'S ann mum dheidhinn a sgrìobh iad an t-òran. Thoradh, bha mi a-staigh turas a' buain na mòine is bha Calum aig Runrig a' cèilidh orm. Feumaidh gun d' fhuair e an idea an uair sin an t-òran a dhèanamh.

Catriona Ciamar a tha sibh a' faireachdainn man òran?

Seonaidh Och, tha e a' còrdadh rium math gu leòr. Tha mi toilichte gun do rinn e feum dhan a' Runrig. Tha iad ag ràdh rium gur e an clàr a bha sin a thug togalachadh dhaibh an toiseach.

Catriona 'S e. 'S e sin an còigeamh clàr, tha mi a' smaoinichadh, agus ged a bha na Gàidheil agus Albannaich eòlach orra, thug an clàr *The Cutter and the Clan* iad gu aire a' mhòr-shluaigh agus bha òran eile a bha sin a bha fìor mhath cuideachd *An Ubhal As Àirde*. Ach 's e sibhse *An Cutter*, a Sheonaidh.



The Cutter

Seonaidh - Is mi an Cutter.

Catriona - Agus bha Seonag a' cantail rium roimhe nach robh i riamh air ionnsachadh; ged a tha i air an t-òran fhèin a chluinntinn tric gu leòr, nach robh na facail aice ach tha iad agamsa an seo. Leughaidh mi iad dhuibh, a Sheonag. *When you arrived in Canada, you walked the streets, out of work, out of money, prospects bleak. A bheil siud fìor?*

Seonaidh - Tha sin fìor. Tha sin fìor.

Catriona - *The plane comes down from the morning sky and you touch the land where the fire won't die, Johnny you're home man, it's a long road you drove us down.*

Seonaidh - Yeah.

Òran

Catriona - Bha sibh a' dol dhachaigh a bhuaibh na mònach dhur màthair a h-uile bliadhna fhad 's a bha i beò?

Seonaidh - Bha, is bha e a' còrdadh rium cuideachd.

Òran

Catriona - Uill, bha mise a' bruidhinn ri Calum mus tàinig mi a Chanada. Bha e airson beannachdan a chur thugaibh.

Seonaidh - Glè mhath.

Catriona - Agus feumaidh mi innse dha a-nise gun do choinnich mi ribh agus gu bheil sibh ann an deagh thriom.

Seonaidh - Glè mhath.

Catriona - A bheil càil agaibh fhèin a mhiannaicheadh sibh a ràdh ri na balaich ud?

Seonaidh - Mo bheannachd thuca le chèile agus 's dòcha bliadhna nam bliadhnaichean gun tachair sinn thall ann an Uibhist.



The Cutter

Ceistean

1. Dè am far-ainm a bha air Seonaidh?
2. A rèir Sheonaidh, cuin a fhuair Calum am beachd airson *The Cutter*?
3. Dè beachd Sheonaidh fhèin air an òran?
4. Carson a bha *The Cutter* and *The Clan* cho cudromach, a rèir Catrìona?
5. Dè tha annasach a thaobh Seonag, a phiuthar, agus an t-òran?
6. An robh e doirbh do Sheonaidh tilleadh a dh'Uibhist gach bliadhna?

Thoir adhbhar airson do fhreagairt.

7. Dè bhios Catrìona ag innse do Chalum nuair a thilleas i a dh'Alba?
8. Dè an dùrachd a tha Seonaidh a' cur gu Calum agus Ruairidh aig an deireadh?
9. Dè an seòrsa earrainn a bha seo?

Thoir adhbhar airson do bheachd.

Eàrr-ràdh 3





Agallamh cuide ri Calum Dòmhnallach



Mar a thàinig Runrig còmhla an toiseach (0.00-1.30)

1. Ainmich ceithir rudan a thachair airson Còmhlan Dannsa Runrig a thoirt còmhla aig an toiseach.

An t-Eilean Sgitheanach (1.45 – 2.50)

2. Dè thug cothrom math do na balaich tòrr eòlais fhaighinn air cluich?

Play Gaelic agus *The Highland Connection* (2.51-5.45)

3. Am beachd a' chòmhlain, carson nach robh an companaidh clàraidh Lismore freagarrach do Runrig?
4. Ciamar a fhuair iad cead agus cothrom an rud aca fhèin a dhèanamh?
5. Dè dh'fheuch iad beagan às dèidh sin?
6. Dè tha a' sealltainn nach robh seo soirbheachail?
7. Carson a bha an suidheachdadh seo na bu duilghe do Mhalcolm agus carson?
8. Carson a rinn iad co-dhùnadh a dhol làn-ùine a-rithist?

5.50-6.53 - Dùsgadh

9. Dè tha Calum a' ràdh mun t-suidheachdadh a bh' ann aig toiseach nan seachdadan air a' Ghàidhealtachd?
10. Dè chaidh a stèidheachadh an aon bhliadhna ri Runrig?



Agallamh cuide ri Calum Dòmhnallach



11. Ainmich aon rud eile a thug buaidh air poilitigs agus sgrìobhadh Runrig.

A' sgrìobhadh sa Ghàidhlig (7.10-9.21)

12. Dè na duilgheadasan a thug buaidh orra a thaobh sgrìobhadh sa Ghàidhlig?

13. Dè chuidich iad gu bhith a' sgrìobhadh sa Ghàidhlig aig a' cheann thall?

14. Dè tha Calum ag ràdh mu na h-òrain air *Play Gaelic*?

15. Dh'fhàs na h-òrain na bu phoiltigiche an uair sin. Dè bha *Recovery* a' cuimhneachadh?

16. Ged a bha iad a-nise deiseil airson a dhol a-mach dhan t-saoghal mhòr mar chòmhlán, dè bha iad mothachail air fhathast?

Consairtean (9.45 – 11.30)

17. A bheil aon seòrsa consairt a' còrdadh ri Calum seach seòrsa eile? Thoir adhbhar airson do bheachd.

18. Dè chaidh ceàrr leis a' chonsairt anns an Dòrnach?

19. Dè an slugh as motha a chunnaic iad riamh agus càite?

Donaidh a' fàgail (11.50-13.30)

20. Dè tha Calum a' ràdh mun àm a dh'fhàg Donaidh Rothach an còmhlán?

21. Carson a bhiodh e air a bhith freagarrach stad aig an àm sin?

22. Nuair a rinn iad an co-dhùnadh cumail a' dol, dè chuir iad romhpa?

Brus a' tighinn (13.35-15.27)

23. Ciamar a fhuair iad a-mach mu Bhrus Guthro?



Agallamh cuide ri Calum Dòmhnallach



24. Ainmich aon duilgheadas agus aon chothrom a bh' ann le Brus.
25. Cia mheud òran a thug iad do Bhrus airson obair *audition*?
26. Dè na faclan a tha ag innse dhuinn gun robh fhios aca sa mhionaid gun robh Brus ceart do Runrig?

Sgaoileadh na Naidheachd (15.29-17.28)

27. Tha Calum a' bruidhinn air mar a bhiodh daoine a' cluinntinn ceòl a' chòmhlain
 - (i) Ma bha thu ag iarraidh a bhith soirbheachail ann an ceòl sna seann làithean, dè dh'fheumadh tachairt?
 - (ii) Ciamar a tha seo air atharrachadh a-nise?

28. Dè bha a' dèanamh cuideachadh mòr do Runrig thall thairis?

The Band from Rockall (17.30-18.30)

29. Carson nach do rinn Calum agus Ruairidh "Band from Rockall" roimhe?
30. Ciamar a chùim iad an ceòl eadar-dhealaichte bho cheòl Runrig air a' chlàr seo?

Crìoch (18.30)

31. Dè an dileab a tha Calum an dòchas a dh'fhàgas Runrig aig daoine?



Agallamh cuide ri Calum Dòmhnallach



Cruthachadh agus Dèanamh

32. a. Às dèidh èisteachd ris an agallamh air fad, dè na ceistean a bu toigh leat fhèin fhaighneachd do Chalum Dòmhnallach?



- b. Dè an t-òran le Runrig as fheàrr leatsa agus carson?

An e am fonn no na faclan a tha gad tharraing?



- c. An e agallamh soirbheachail a th' ann?

Carson?





Agallamh cuide ri Calum Dòmhnallach



- d. Cruthaich postair airson consairt Runrig.
- Càit a bheil e a' tachairt?
 - Cuin a tha e a' tachairt?
 - Dè nì postair tarraingeach dhan luchd-amhairc?
 - Smaoinich air ìomhaigh làidir, co-cheangailte ri ceòl Runrig.



- e. Saoil càit am bi thu fhèin ann an ceathrad 's a còig bliadhna?
Sgrìobh 400 facal a' mìneachadh do smuaintean.
- f. Sgrìobh lèirmheas air consairt no fèis-chiùil aig an robh thu.
- Cò bha a' cluich?
 - An robh thu eòlach orra mu thràth?
 - Dè chòrd riut mu dheidhinn?
 - Dè nach robh cho math?
 - An rachadh tu gam faicinn a-rithist?